

Compàirteachas Plana
Coimhearsnachd
Innse Gall



Outer Hebrides
Community Planning
Partnership

Adhartas le Chèile
Còrdadh Singilte Bhuilean
2009 - 2010

Clàr-innse

1	Co-dhleastanas	3
2	Aithris Rùn	5
3	Rùn is Adhbhar	7
4	Sùil air Innse Gall	10
5	Tomhas air Soirbheachadh	32
6	A' Toirt air Tachairt	49
7	A Cumail ris a' Chlàr-ama	51

1 Co-dhleastanas

CÒRDADH SINGILTE BHUILEAN 2009 - 10

Tha an Còrdadh Singilte Bhùilean seo airson 2009 - 10 eadar Riaghaltas na h-Alba agus Com-pàirteachas Dealbhadh Coimhearsnachd Innse Gall a' cur an cèill prìomhachasan a chuireas cudrom air libhrigeadh bùilean nas fheàrr airson slugh Innse Gall.

Tha e a' toirt taic don chàirdeas obrach ùr eadar riaghaltas nàiseanta agus ionadail stèidhichte air urram do chàch a chèile agus air com-pàirteachas mar a tha air a mhìneachadh ann an Co-chòrdadh Samhain 2007. Tha e a' toirt cothrom do Riaghaltas na h-Alba agus an Com-pàirteachas Dealbhadh Coimhearsnachd togail air a' chàirdeas a tha ann mar-thà air a dhaingneachadh le ìre ùr earbsa agus misneachd do chàch a chèile mar chom-pàirtichean.

Às leth Riaghaltas na h-Alba

Às leth Com-pàirteachas Dealbhadh
Coimhearsnachd Innse Gall

Ainm sgrìobhte: _____

Ainm sgrìobhte: _____

Fiona Hyslop

Aonghas Caimbeul

Dreuchd: Rùnaire a' Chaibineit airson Foghlam agus Ionnsachadh Fad-beatha

Dreuchd: Cathraiche

Ceann-là:

Ceann-là:

Tha Com-pàirteachas Dealbhadh Coimhearsnachd Innse Gall air a dhèanamh suas mar a leanas:

Comhairle nan Eilean Siar

Comhairle Seirbheisean Saor-thoileach na Hearadh

Com-pàirteachas Taigheadais Innse Gall
Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean

Seirbheis Smàlaidh agus Teasairginn na Gàidhealtachd is nan Eilean
Colaisde a' Chaisteil
NHS nan Eilean Siar
Feachd-poileis a' Chinn a Tuath

Dualchas Nàdair na h-Alba

Leasachadh Sgìlean Alba

Treas Roinn Innse Gall
Buidhnean Saor-thoileach Chomhairle Uibhist

Gnìomhachas Saor-thoileach
Bharraigh agus Bhatarsaigh
Seòmar Malairt nan Eilean Siar
Riochdaire Òigridh

2 Aithris Rùn

‘S e ar rùn gum bi Innse Gall na coimhearsnachd shoirbheachail, fhallain le àrd-inbhe de dh’fhoghlaim, far a bheil sàr dhòigh-beatha agus far a bheilear a’ tuigsinn buannachdan an àrainneachd nàdarra agus an traidisean chultarail.

3 Rùn is Adhbhar

'S e rùn Com-pàirteachas Dealbhadh Coimhearsnachd Innse Gall mathas-beatha sòisealta, eaconamach agus àrainneachd sluaigh Innse Gall adhartachadh agus a leasachadh agus cur ri coileanadh leasachadh seasmhach an Alba. Tha sinn ag amas air coimhearsnachd shoibheachail agus fhallain a chruthachadh ann an sàr àrainneachd le ceanglaichean còmhdaidh nas fheàrr agus cothrom air deagh ghoireasan stèidhichte air prionnsabalan leasachadh seasmhach tro spèis airson àrainneachd nàdarra agus dualchasan Innse Gall.

Chruthaich an còrdadh ùr eadar Riaghaltas na h-Alba agus Ùghdarrasan Ionadail cothrom do Chom-pàirteachas Dealbhadh Coimhearsnachd Innse Gall cunntas a thoirt air ar n-àrd-amasan, dòchasan agus miannan adhartais airson ar coimhearsnachdan agus an co-fhilladh ri feadhainn Riaghaltas na h-Alba. 'S e an Còrdadh Singilte Bhuilean (SOA) am frèam anns an obraich sinn a dh'ionnsaigh coileanadh an lèirsinn sin. 'S e an sgrìobhainn seo an com-pàirteachas eadar Riaghaltas na h-Alba agus na Com-pàirtichean Dealbhadh Coimhearsnachd.

Tha dùbhlain mhòra mu choinneamh na roinne againn, gu sònraichte leis an t-suidheachadh eaconamach aig an àm seo, call cosnaidh agus crìonadh leantainneach nan ìrean àireamh-sluaigh. Tha iomallachd, mòr-ghainnead agus mì-chothromachadh deamografach a' cur ri na duilgheadasan sin.

Ach, tro obrachadh còmhla agus cleachdadh nan stòrasan a tha againn bidh sinn comasach air coinneachadh ri na dùbhlain sin. Tha e ro-chudromach gum bi a h-uile roinn air a riochdachadh sa Chom-pàirteachas Dealbhadh Coimhearsnachd, chan e dìreach na buidhnean poblach, ged a tha iad cudromach airson coinneachadh ri ar n-amasan. Feumaidh sinn obrachadh còmhla ri gnothachas agus soirbheas ar coimhearsnachdan àrdachadh. Tha pàirt cudromach aig an roinn phrìobhaideach ann an dòigh fàis ar n-eaconamaidh agus tha e ro-chudromach gum bi an guth air a chluinntinn. Cuideachd, tha àite na roinn shaor-thoileach a' sìor fhàs cudromach mar luchd-fastaidh agus mar sholaraidhean seirbheis. Tha dòighean-obrach ùra a' ciallachadh gum feum na roinnean poblach, prìobhaideach agus saor-thoileach loidhnichean conaltraidh a bhith fosgailte agus dàimhean obrach èifeachdach agus dlùth a bheir seirbheis do shluaigh nan Eilean. 'S e an SOA an sgrìobhainn stiùiridh a tha a' foillseachadh na tha sinn a' dol a dhèanamh airson dèiligeadh ri na cùisean a tha mu choinneamh ar coimhearsnachdan.

Bha an SOA airson Innse Gall air a stiùireadh le Ro-innleachd Eaconamach Riaghaltas na h-Alba agus am Plana Ath-bheothachaidh Eaconamach far a bheil an cudrom air leasachadh seasmhach eaconamach a chumail a' dol an aghaidh fìor dhroch chrìonadh aig ìre chruinneil, nàiseanta agus ionadail, agus aig an aon àm a' leantainn air adhart a' dèiligeadh ri bochdainn, mì-chothromachd agus easbaidh. Aig an aon àm feumar aithneachadh gum bi e mòran nas dorra a bhith a' toirt thargaidean gu buil aig an ìre ionadail leis gu bheil suidheachadh eaconomach Innse Gall cho lag. Ach, tha an Com-pàirteachas cinnteach gur e obrachadh còmhla aig ìre ionadail agus aig ìrean nas àirde is dòcha atharrachaidhean sam bith a thoirt gu buil. Ghabh OHCPP cuideachd cothrom air SOA 2008-2011 ath-bhreithneachadh mar thoradh air atharrachadh san t-suidheachadh eaconamach, ach aig an aon àm togail air an adhartais a rinneadh le coileanadh nam builean thar na bliadhna a chaidh seachad.

Còmhla ri sin chùim an CPP Latha Smaoineachaidh agus chuir e comhairle ris a' mhòr-shluagh tro shuirbhidh air-loidhne. Chomharraich OHCPP 7 prìomh chuspairean air am biodh an SOA ùr air a dhealbh.

1. Tha àireamhan-sluaigh Innse Gall seasmhach, le cothromachadh nas fheàrr de bhuidhnean aoise, gnè agus sòisio-eaconamach
2. Tha eaconamaidh Innse Gall agus na h-eaconamaidhean taobh a-staigh Innse Gall a' soirbheachadh
3. Tha deagh fhoghlam, trèanadh agus sgilean aig sluagh Innse Gall
4. Tha slàinte agus mathas cuirp agus inntinn an t-sluaigh air feadh Innse Gall air a leasachadh
5. Tha coimhearsnachdan Innse Gall nas làidire agus nas comasaiche air am feuman agus àrd-amasan a chomharrachadh, a chur an cèill agus a chur gu buil agus a bhith cunntachail air an son
6. Tha sluagh Innse Gall a' faighinn gach buannachd bho stòrasan nàdarra agus cultarach na sgìre, agus aig an aon àm a' dìon nan stòrasan sin airson math nan ginealaichean ri teachd
7. Tha sàr sheirbheisean aig Innse Gall, a tha a' sìor dhol am feabhas agus a' coinneachadh ri feuman ionadail

Tha an SOA a' foillseachadh builean ionadail a' Chom-pàirteachas Dealbhadh Coimhearsnachd a' leantainn nan 15 Builean Nàiseanta fa leth a chaidh aontachadh sa Cho-chòrdadh. Tha *Figear 1* a' sealltainn a' cheangail eadar na 15 Builean Nàiseanta agus na 7 Builean Ionadail. Tha e air a shuidheachadh taobh a-staigh frèam dealais airson leasachadh leantainneach agus Feabhas Luach agus leantainn gu dlùth ri reachdas cho-ionannachd. Tha na builean ionadail a' sealltainn prìomhachasan coimhearsnachd mar a chaidh an comharrachadh tro cho-chomhairle ri Com-pàirtichean Dealbhadh Coimhearsnachd agus coimhearsnachdan ionadail. Tha na builean a tha air am mìneachadh an urra ri agus stèidhichte air an ìre maoinachaidh a gheibh na Com-pàirtichean Dealbhadh Coimhearsnachd thar na h-ùine 2008/09 gu 2010/11.

Ann an dèiligeadh ri na cùisean a tha mu choinneamh Innse Gall feumaidh sinn tuigsinn nach bi seo air a choileanadh gu h-aithghearr. Tha againn ri obrachadh taobh a-staigh suidheachadh ionmhasail a tha a' sìor fhàs teann a' gabhail a-steach an fheum air cumail a' lorg sàbhalaichean èifeachdais mar a tha air iarraidh le Riaghaltas na h-Alba. Tha suidheachadh eaconamach doirbh romhainn cuideachd a tha a' bualadh oirnn uile. Aig an aon àm feumaidh buill a' Chom-pàirteachas Dealbhadh Coimhearsnachd cumail a' dol a' solarachadh nan sàr sheirbheisean a tha ar coimhearsnachdan, luchd-cleachdaidh agus luchd-dèiligidh ag iarraidh agus air a bheil iad airidh. Chan eil e daonnan furasta cothromachadh fhaighinn eadar ar n-àrd-amasan agus nas urrainn dhuinn a choileanadh, ach faodaidh sinn gluasad air adhart còmhla.

Tha OHCPP a' tuigsinn gur e an dòigh-obrach anns an SOA ùr toiseach pròiseas ùr a chumas a' dol thar an ath 12 mìos agus a tha air fhoillseachadh ann an Earrann 7 den SOA – 'A' Toirt air Tachairt.' Tha seo a' coimhead ri co-sheilbh agus barrachd co-obrachaidh sa choimhearsnachd airson nam builean aontaichte a libhrigeadh.

Tro obair an com-pàirteachais thar gach roinn agus aig ìre ionadail agus nàiseanta, faodaidh sinn cumail a' dol a' leasachadh inbhe-beatha don phoball, a' libhrigeadh sheirbheisean sàr-mhath, a' coinneachadh ri dùbhlain ionadail agus a' cur ri amasan nàiseanta agus eadar-nàiseanta.

Tha na Com-pàirtichean Dealbhadh Coimhearsnachd an dòchas gum bi am fiosrachadh san sgrìobhainn seo feumail dhuibh agus bidh sinn toilichte ma chuireas sibh beachdan air ais thugainn. Cuiribh ur beachdan gu info@ohcpp.org.uk.

Figear 1: Co-thaobhadh Builean Ionadail; Builean Nàiseanta OHCPP

Builean Ionadail

1. Tha àireamhan-sluaigh Innse Gall seasmhach, le cothromachadh nas fheàrr de bhuidhnean aoise, gnè agus sòisio-eaconamach

2. Tha eaconamaidh Innse Gall agus na h-eaconamaidhean taobh a-staigh Innse Gall a' soirbheachadh

3. Tha foghlam, trèanadh agus sgilean math aig sluagh Innse Gall

4. Tha slàinte agus mathas cuirp agus inntinn an t-sluaigh air feadh Innse Gall air a leasachadh

5. Tha coimhearsnachdan Innse Gall nas làidire agus nas comasaiche air am feuman agus àrd-amasan a chomharrachadh, a chur an cèill agus a chur gu buil agus a bhith cunntachail air an son

6. Tha sluagh Innse Gall a' faighinn gach buannachd bho stòrasan nàdarra agus cultarach na sgìre, agus aig an aon àm a' dìon nan stòrasan sin airson a bhith nam buannachd do ghinealaichean ri teachd

7. Tha sàr sheirbheisean Innse Gall a' sior dhol am feabhas agus a' coinneachadh ri feuman ionadail

Builean Nàiseanta

1. Tha sinn a' fuireach ann an Alba, an t-àite as tarraingiche airson gnothachais san Roinn Eòrpa
2. Tha sinn a' coileanadh ar làn chomas eaconamach le barrachd chothroman cosnaidh nas fheàrr don t-sluagh againn

1. Tha sinn a' fuireach ann an Alba, an t-àite as tarraingiche airson gnothachais san Roinn Eòrpa
2. Tha sinn a' coileanadh ar làn chomas eaconamach le barrachd chothroman cosnaidh nas fheàrr don t-sluagh againn

3. Tha sinn air thoiseach a thaobh foghlaim, sgilean agus soirbheachaidh, iomraiteach airson ar rannsachadh agus ùr-ghnàthachaidh
4. Tha ar n-òigridh nan luchd-ionnsachaidh soirbheachail, daoine misneachail, com-pàirtichean èifeachdach agus saoranaich earbsach
5. Tha an tòiseachadh beatha as fheàrr aig ar cloinn agus tha iad ullaichte cu soirbheachadh

6. Tha ar beatha nas fhaide agus nas fhallaine
7. Tha sinn air dèiligeadh ri na neo-ionannachdan mòra ann an comann-shòisealta na h-Alba
8. Tha sinn air cur ri na cothroman beatha airson clann, òigridh
9. Tha sinn a' caitheamh ar beatha sàbhailte bho eucoir, mhi-rian agus chunnart

9. Tha sinn a' caitheamh ar beatha sàbhailte bho eucoir, mhi-rian agus chunnart
10. Tha sinn a' fuireach ann an àiteachan deagh-dheilbhte, seasmhach far a bheil cothrom againn air na goireasan agus na seirbheisean a dh'fheumas sinn
11. Tha coimhearsnachdan làidir, fulangach agus taiceil againn far a bheil daoine cunntachail airson an gnìomhan fhèin agus a' bhuaidh aca air daoine eile

2. Tha sinn a' coileanadh ar làn chomas eaconamach le barrachd chothroman cosnaidh nas fheàrr don t-sluagh againn
3. Tha sinn air thoiseach a thaobh foghlaim, sgilean agus soirbheachaidh, iomraiteach airson ar rannsachaidh agus ùr-ghnàthachaidh
12. Tha sinn a' cur meas air ar n-àrainneachd thogte agus nàdarra agus ga dìon agus ga leasachadh airson ginealaichean ri teachd
13. Tha sinn moiteil à dearbh-aithne nàiseanta làidir, chothromach agus inghabhalach.
14. Tha sinn a' lùghdachadh buaidh na tha sinn a' caitheamh agus a' dèanamh air an àrainneachd againn fhìn agus an t-saoghail.

9. Tha sinn a' caitheamh ar beatha sàbhailte bho eucoir, mhi-rian agus chunnart
10. Tha sinn a' fuireach ann an àiteachan deagh-dheilbhte, seasmhach far a bheil cothrom againn air na goireasan agus na seirbheisean a dh'fheumas sinn
11. Tha coimhearsnachdan làidir, fulangach agus taiceil againn far a bheil daoine cunntachail airson an gnìomhan fhèin agus a' bhuaidh aca air càch
15. Tha ar sàr sheirbheisean poblach èifeachdach, a' sior dhol am feabhas agus a' coinneachadh ri feuman sluagh an àite

4 Sùil air Innse Gall

Ro-ràdh

Tha Innse Gall a' dèanamh suas sèine eileanan 200 cileameatair a dh'fhaid a-mach bho chladach iar-thuath na h-Alba, bho Leòdhas sa cheann a tuath gu Miughalaigh sa cheann a deas, agus a' gabhail a-steach eileanan iomallach mar Hiort agus na h-Eileanan Mòra. Tha còrr air 70 eileanan ainmichte sgaoilte air feadh na sèine, agus bha a' chuid as motha dhiubh air an àiteach roimhe airson ùine ghoirid no fad na h-ùine. Tha 11 eileanan a-nis air an àiteach (Àireamh-sluaigh 2001): Bhatarsaigh (94); Barraigh (1078); Èirisgeigh (133); Uibhist a Deas (1818); Beinn nam Fadhlà (1249); Griomasaigh (201); Uibhist a Tuath (1320); Beàrnaraigh Uibhist (136); Sgalpaigh (322); Leòdhas is na Hearadh (19,918); agus Beàrnaraigh Leòdhais (233). Tha an t-uamhas sheòrsachan sealladh-tìre anns na diofar eileanan, bho lochan agus monaidhean Leòdhais agus beanntan maiseach na Hearadh, gu tràighean gainmhich agus machraichean Bharraraigh agus Uibhist agus creagan casa Hiort. Bha na h-eileanan air an cumadh le gaothan agus tuinn a' Chuan a Tuath a' bualadh orra gun sgur, agus rianachd mothachail le coimhearsnachdan ionadail, a' cruthachadh nan seallaidhean-tìre iomallach àlainn a tha againn an-diugh.

Tha atharrachadh deamografach ann an Innse Gall nas follaisiche na tha e an ceàrnaidhean eile de dh'Alba. Chaidh àireamh-sluaigh nan eilean sìos 42% thar na linn a chaidh seachad agus sìos 10% thar deichead 1991-2001 a' chunntas-sluaigh mu dheireadh (nas àirde na sgìre ùghdarras ionadail sam bith an Alba). Tha an àireamh de sheann daoine am measg sluagh Innse Gall a' sìor mheudachadh; le ìre sa cheud nas àirde de dhaoine anns a' bhuidhnean aoise as sine agus gun uiread anns a' bhuidhnean aoise as òige an coimeas ris a' chuibheasachd nàiseanta. Aig cunntas-sluaigh 2001 bha aois chuibheasach luchd-còmhnaidh ann an Innse Gall trì bliadhna nas sine na airson Alba.

4.1 Àireamhan-sluaigh

Às dèidh greis den chrìonadh sin anns an àireamh-sluaigh an Innse Gall bha gluasad nas misneachaile ann o chionn beagan bhliadhnachan le beagan meudachaidh san àireamh-sluaigh mheasraichte ann an 2004 (+250 neach) agus 2005 (+110 neach) tro in-imrich, gu sònraichte luchd-obrach a thàinig bho Thaobh an Ear na Roinn Eòrpa. Ach, anns na tuairmsean air àireamh-sluaigh as ùire airson 2006, agus tuairmsean 2008 airson Innse Gall bha beagan lùghdachaidh de < 1%. B' e a' phrìomh nì a lean chun an lùghdachaidh seo gun deach in-imrich o chionn ghoirid sìos mean air mhean gu dìreach 39 neach ann an 2006/7 bho 315 ann an 2003/4 agus gun robh an crìonadh ann an ìrean breith agus bàis gun atharrachadh.

Tha an clàr a leanas a' sealltainn mar a tha an àireamh-sluaigh ann an diofar cheàrnaidhean sna h-eileanan air atharrachadh eadar 1981 agus 2001 agus cuideachd a' cleachdadh tuairmsean meadhan na bliadhna bho 2004 gu 2007.

	<u>Toraidhean Cunntas- sluaigh</u>			<u>Tuairmsean Meadhan na Bliadhna</u>			
	1981	1991	2001	2004	2005	2006	2007
Leòdhas	20,720	20,159	18,489	18,383	18,565	18,565	18,579
Na Hearadh	2,489	2,222	1,984	2,037	1,994	1,953	1,921
Uibhist a Tuath	1,803	1,815	1,657	1,598	1,565	1,551	1,548
Beinn nam							
Fadhla	1,887	1,803	1,249	1,195	1,213	1,237	1,223
Uibhist a Deas	2,432	2,285	1,951	1,889	1,884	1,892	1,865
Barraigh &							
Bhatarsaigh	1,371	1,316	1,172	1,158	1,149	1,152	1,164
Innse Gall	30,702	29,600	26,502	26,260	26,370	26,350	26,300

A rèir ro-mheasaidhean, eadar 2006 agus 2031 bidh crìonadh -5.5% ann an àireamh-sluaigh iomlan Innse Gall. Thar na h-ùine sin, bidh tuiteam -25.5% anns a' bhuidheann-aoise 0-15 bliadhna; crìonadh -11.5% anns an t-sluaigh aig aois obrach (16-59/64); meudachadh de 24.3% anns an t-sluaigh aig aois a' pheinnsein. A thuilleadh air sin, thig ìrean breith sìos -38% gu 154 ann an 2030/31.

Fhuair Sgrùdadh Imrich Innse Gall (2007) a-mach gu bheil às-imrich ann an Innse Gall mòran nas àirde am measg bhoireannach agus gur e fireannaich a bha ann an 71% de in-imrichean (thar ùine an sgrùdaidh). Tha seo air leantainn gu barrachd mì-chothromachadh gnè san àireamh-sluaigh.

'S e aon de phrìomhachasan a' Chom-pàirteachais aghaidh a chur air crìonadh àireamh-sluaigh agus atharrachadh deamografach san fhad-ùine, agus a' bhuidheann a bheir sin air solarachadh sheirbheisean san àm ri teachd agus air a' chomas airson seirbheisean anns na h-eileanan mar cùram sòisealta agus cùram slàinte a chumail a' dol.

Tha seasmhachd agus fàs san àireamh-sluaigh air fhaicinn mar chomharra air mathas-beatha sgìre agus, aig na h-ìrean as àirde, comharra air ion-obrachadh choimhearsnachdan san àm ri teachd. Faodaidh lùghdachadh air àireamh-sluaigh ann an sgìrean lag mar Innse Gall droch bhuidheann a thoirt air misneachd coimhearsnachd agus seasmhachd sheirbheisean. Ann an Innse Gall tha ceangal dlùth eadar seasmhachd sheirbheisean agus àireamhan. Tha fàs na h-àireamh-sluaigh aig aois obrach bunaitich ann an dèanamh cinnteach gun lean an t-iartras airson prìomh sheirbheisean agus gum bi luchd-obrach cothromach ann airson an libhrigeadh.

Tha duilgheadasan call sluaigh agus coileanadh eaconamach eadar-cheangailte. Tha bunait eaconamach lag aig Innse Gall agus tha a' chuid as motha dheth ann am beagan roinnean. Chan eil na roinnean sin farsaing gu leòr airson sluaigh òg agus ionnsaichte a chumail agus air an làimh eile chan eil gu leòr den t-sluaigh aig a' phrìomh aois imrich de 15-29 bliadhna. Tha imrich sa mhòr-chuid mar thoradh air 'tarraing eaconamach', nuair a tha daoine a tha an sàs san eaconamaidh air an tàladh gu àiteachan anns am faic iad cothroman, mar sin tha ceangal dlùth eadar meudachadh an t-sluaigh a tha an sàs san eaconamaidh agus cumail suas cruthachadh obraichean.

Tha e ro thràth airson measadh cothromach a dhèanamh air buaidhean fad-ùine nam poileasaidhean a bha air an ainmeachadh o chionn ghoirid ann an 'Sgrùdadh Imrich Innse Gall' agus ann an 'Cruthachadh Coimhearsnachdan ri Teachd' gus stad a chur air gluasadan imrich ann am buidhnean nas òige agus aig aois obrach, gu sònraichte

am measg bhoireannach. Ach, o chionn ghoirid tha an OHCPP air gabhail ri Plana Gníomh gus aghaidh a chur air na cùisean sin (www.

Buil Ionadail	1	Tha <u>àireamhan-sluaigh</u> Innse Gall seasmhach, le cothromachadh nas fheàrr air buidhnean aoise, gnè agus sòisio-eaconamach
Amasan Ionadail	1A	Meudachadh % den t-sluagh aig aois obrach.
	1B	Meudachadh % de dh'òigridh
	1C	Leasachadh air cothromachadh gnè
	1D	Cumail suas an sgaoileadh sluaigh
	1E	Barrachd thaighean nas saoire agus air an sgaoileadh nas fharsaing

4.2 Economy

Eaconamaidh

Air a dhèanamh suas de dh'eileanan iomallach le sluagh sgapte, tha iomadh dùbhlán eaconamach aig Innse Gall. Thathar an urra ri gnìomhachasan traidiseanta, nach eil air a bhith cho soirbheachail o chionn ghoirid. Tha seirbheisean poblach a' toirt cosnadh do mhòran dhaoine anns na h-eileanan agus tha comharran a' sealltainn eaconamaidh a tha an urra ris an roinn phoblach agus a tha cuingichte ri roinnean obrach sònraichte. Tha ìrean coileanaidh ann am foghlaim àrd agus tha cosgaisean stèidheachaidh farpaiseach airson iomairtean ùra agus luchd-obrach sgileil san eilean, agus tha e furasta a ruigsinn le lionra bann-leathainn air feadh nan eilean agus ceanglaichean còmhhdail adhair no mara a' ruith gu tric.

B' e Sgoil Gnìomhachais Oilthigh Obar Dheathain a rinn an sgrùdadh air Cunntasan Roinneil mu dheireadh airson Innse Gall airson 2003. Thathar an dùil sgrùdadh ùr a dhèanamh airson 2008. Bha an Làr-thoradh Dùthchail Bliadhnail measraichte aig £263 millean ann an 2003 (fiosrachadh. Sgrùdadh Dàta Steach: Mach Fraser of Allander). 'S iad na prìomh roinnean taobh a-staigh an eaconamaidh iasgach/tuathanas-èisg; àiteachas; libhrigeadh bathair; slàinte is foghlam agus seirbheisean is rianachd poblach. Tha an roinn phoblach ro-chudromach do dh'eaconamaidh Innse Gall, a dh'aindeoin na chaidh a dhèanamh o chionn beagan bhliadhnachan airson iomadachd an eaconamaidh. Mar sin feumar e airson na h-ìre de chosgais poblach an Innse Gall a chumail suas oir bheireadh lùghdachadh sam bith ann an cosgais poblach mar thoradh air na duilgheadasan ionmhasail air feadh an t-saoghail aig an àm seo buaidh neo-chothromach air eaconamaidh Innse Gall an coimeas ri sgìrean eile.

Bha an Làr-thoradh Dùthchail (GDP) ann an 2003 airson Innse Gall aig 66% de chuibheasachd na Rìoghachd Aonaichte agus mòran nas ìsle na sgìrean eileanach eile aig £10,078 gach neach. Da-rìribh tha eaconamaidh iomlan Innse Gall air fàs 2.5% bho 1997; ach, tha a' chuid as motha den seo a' tighinn bho chrìonadh ann an àireamh-sluaigh thar na h-ùine, mar sin nam biodh an àireamh-sluaigh air fuireach aig ìrean 1997, da-rìribh b' e atharrachadh glè bheag a bhiodh ann an GDP gach

neach. Ann an 2003 bha an call ann an às-malairt aig £163.4m, ach thathar a-nis a' sùileachadh gun atharraich an gluasad seo mar eaconamaidhean eile san t-saoghal. Bidh seo fìor gu sònraichte chionn 's gu bheillear air a bhith barrachd is barrachd an urra ri in-mhalairt – suas 16% gu 2003, le às-bhathar sìos 5.6%. 'S a chumantas tha cosnadh theaghlaichean nas ìsle na ìrean nàiseanta agus tha cosgaisean bith-beò mòran nas àirde - tha prìsean bidhe sa chumantas 15.2% nas àirde agus cosgaisean connaidh 13% nas àirde.

Bha cosnadh ionadail an Innse Gall ann an 2003 aig 11,000; ìre obrach de 79%. Tha ìrean cosnadh ionadail air a bhith seasmhach gu 2003, suas beagan gu 9,908. Bha 80.8% den t-sluagh aig aois obrach an sàs san eaconamaidh ann an 2007 (Nomis). Tha an roinn phoblach a' dèanamh suas 30% de luach an toraidh iomlain. 'S iad na còig roinnean as cudromaiche a thaobh cur ri cosnadh Seirbheisean Prìobhaideach; Togail; Libhrigeadh Bathair; Slàinte, agus Foghlam. Còmhla, rinn na còig roinnean sin suas 50.5% den chosnadh iomlan.

Tha na duilgheadasan eaconamach nas miosa le às-imrich, àireamh-sluaigh a' dol sìos, agus aois an t-sluaigh a' dol suas. B' e an tuiteam 10% ann an àireamh-sluaigh eadar 1991-2001 (29,600 to 26,502) a b' àirde de na h-Ùghdarrasan Ionadail uile an Alba; gun ach tuiteam de 2.5% ann an Sealtainn, 1.5% an Arcaibh, agus 0.4% an Alba.

Aig cunntas-sluaigh 2001 bha còrr air dara leth nan às-imrichean air fad (54%) anns a' bhuidheann-aoise 18-29 bliadhna. Gu nàiseanta tha am figear aig 41%. Bha faisg air cairteal den t-sluagh iomlan a dh'fhàg Innse Gall ann an 2000/01 aois 18 no 19. Gu nàiseanta, bha am figear aig 10%. Ged a tha gluasad dhaoine nas òige na phàirt de dh'imrich (me bhon sgoil don oilthigh) tha an gluasad air leth follaiseach ann an Innse Gall.

Ann an Iuchair, Lùnastal agus Sultain 2008 thuit an ìre sa cheud den luchd-còmhnaidh aig aois obrach ann an Innse Gall a' cur airson Cuibhreann Sireadh Obrach (JSA) gu 2%, an ìre as ìsle bho thòisich an clàradh. Ach, tha am figear seo a-nis a' dol suas mean air mhean agus sa Ghearran 2009, bha 4.2% a' cur airson JSA; agus bha am figear co-ionann airson Alba agus airson na Rìoghachd Aonaichte aig 3.8%. Tha an àireamh gun chosnadh san ùine fhada (tagradh airson còrr air 12 mìos), ged a tha e a' tuiteam, fhathast nas àirde an Innse Gall aig 8.5% sa Ghearran; am figear co-ionann airson Alba aig 7.4% agus aig 7.7% airson na Rìoghachd Aonaichte.

Tha fàs sam bith airson Innse Gall anns an ùine gu 2015 air a mheasadh neonitheach. Tha tàladh gnothachais don sgìre air a chuideachadh le cosgaisean stèidheachaidh farpaiseach airson iomairtean ùra, luchd-obrach sgileil, lìonra bann-leathainn air feadh nan eilean agus sàr stòrasan nàdair agus àrainneachd gu sònraichte airson roinnean gnothachais co-cheangailte ri turasachd agus cumhachd ath-nuadhachail. A thuilleadh air seo tha cothroman ùra a' tighinn am bàrr ann am fighe a' Chlò Hearaich; leasachadh thuathanas-èisg agus san roinn chruthachail tro chraoladh Gàidhlig didseatach.

Chaidh Maoin Tasgaidh a' Chlò Hearaich a stèidheachadh a bhios a' maoinachadh tomhas sònraichte de na pàtrain clò as fheàrr le daoine a dhèanamh nuair nach eilear cho trang. Tha a' Mhaoin ann an co-rèir ri Tabhartasan Stàite agus a' faighinn

taic bhon ghnìomhachas air fad. Thàinig a' Mhaoin gu bhith na modail airson tagradh soirbheachail le Riaghaltas na h-Alba gu ERDF.

Bheir Ionad nan Gnìomhachasan Cruthachail agus nam Meadhanan Ùra ann an Steòrnabhagh taic agus misneachd a chum fàs ghnìomhachasan nam meadhanan agus nam meadhanan ùra ann an Innse Gall tro àrainneachd thaiceil anns am faigh gnìomhachasan/daoine cruthachail air fàs agus leudachadh. Bheir an t-ionad cothrom do ghnìomhachasan beaga agus do dhaoine fa leth air aonadan airson oifis, stiùideo no àite-obrach. Bidh seirbheisean mar rumannan airson coinneamhan agus obair lìon-rà rim faotainn. Tha am pròiseact £2.6m air a mhaoineachadh le Comhairle nan Eilean Siar, HIE agus ERDF.

'S e gnothachas ùr a tha ann an Innse Gall Co-cheangailte gus iomairt coileanadh bhuannachdan mòr a ghabhail os làimh ag amas air Innse Gall a chur air ceann an ath ìre ann an cleachdadh agus seirbheisean bann-leathainn. A' togail air pròiseact soirbheachail Coimhearsnachdan Co-cheangailte agus a' gabhail a-steach na sgìrean le seirbheis bho ionadan seirbheis bann-leathann BT, feumar e a-nis airgead a chur ann an atharrachadh gus an iomairt a chur gu buil airson cur ri cleachdadh a' bun-structair agus ri na cothroman eaconamach cudromach a dh'fhaodadh a thighinn don roinn.

Tha stòras nàdair agus àrainneachd nan eilean a' cumail suas mòran obrach sa phrìomh roinn air muir agus tìr agus a' tarraing mòran luchd-tadhail don àite. Faodaidh an stòras seo cothrom a thoirt do na h-eileanan a bhith an sàs ann an teicneòlas cumhachd ath-nuadhachail agus ann a bhith ga chruthachadh air feadh an t-saoghail agus aig an aon àm ag ullachadh bun-structair luchd-solair a chuireas taic ris.

Còmhla ri sin, dh'fhaodadh lùthan ath-nuadhachail togail no atharrachadh-ceuma cudromach a thoirt do choileanadh an eaconamaidh ionadail. Thathar a' sùileachadh ìrean beaga fais anns na roinnean turasachd agus margaidh ionadail, air a cho-thromachadh le atharrachaidhean leantainneach sa phrìomh roinn.

'S e an dùbhlán a bhios aig Innse Gall thar an ath ùine cothromachadh nas fheàrr a dhèanamh anns na trì eileamaidean seasmhachd (eaconamaidh, coimhearsnachd, àrainneachd). Tha sàr inbhe àrainneachd Innse Gall aithnichte aig ìre nàiseanta agus eadar-nàiseanta. Ach bidh mathas-beatha Innse Gall san àm ri teachd an urra ri cothromachadh iomchaidh eadar dìon na h-àrainneachd agus toirt cead agus taic do phròiseas leasachadh coimhearsnachd agus eaconamach iomchaidh.

Tha teaghlaichean ann an Innse Gall a' faighinn tomhas nas motha den teachd-a-steach iomlan bho fhèin-fhastadh na airson Alba gu lèir. Ann an 2003 chaith teaghlaichean £100.1m gu h-iomlan air bathar a-steach tro cheannach dìreach no air bathar a-steach agus an uairsin tro bhùthan beaga/mòra ionadail. Bha meud fhìlltichean teaghlaich nas ìsle ann an 2003 na 1997, a' sealltainn gun robh teaghlaichean an urra nas motha ri bathar agus seirbheisean à àiteachan eile. Tha cosgaisean bith-beò mòran nas àirde na bailtean na h-Alba – tha prìsean bidhe sa chumantas 15.2% nas àirde agus cosgaisean connaidh 13% nas àirde. Tha airgead riaghaltais dìreach gu teaghlaichean san roinn a' toirt taic do 9% de dh'obraichean agus a' dèanamh suas faisg air 15% den teachd-a-steach san roinn. Tha 14% de theachd-a-steach teaghlaich air fad a' tighinn bho pheinnseanan agus suimean bliadhna, an coimeas ri 7% sa chumantas an Alba agus anns an Rìoghachd Aonaichte.

Buil Ionadail	2	Tha <u>eaconamaidh</u> Innse Gall agus na h-eaconamaidhean taobh a-staigh Innse Gall a' soirbheachadh
Amas Ionadail	2A	Meudachadh ann an in-thasgadh
	2B	Barrachd ghnìomhachasan ùra a' tòiseachadh
	2C	Togail air raointean soirbheis stèidhichte.
	2D	Meudachadh air roinnean ùra
	2E	Meudachadh air an taic bho iomairt shòisealta.
	2F	Tuilleadh obair rannsachaidh agus leasachaidh ann an Colaisd a' Chaisteil /OGE agus foghlam/rannsachadh eile ann an Innse Gall.

4.3 Foghlam, Trèanadh agus Sgilean

Tha seilbh na sgoile air a dhèanamh suas de 2 àrd-sgoil AS1-AS6 a sheasas nan aonar (Sgoil MhicNeacail agus Sgoil Lionacleit), 2 sgoil le bun-sgoiltean agus àrd-sgoiltean còmhla aig B1-AS6 (Sgoil Bhàgh a' Chaisteil agus Sgoil Sir E Scott), 7 bun-sgoiltean agus àrd-sgoiltean còmhla aig B1-AS2 (Sgoil a' Bhac, Sgoil Phabail, Sgoil Nan Loch, Sgoil Lionail, Sgoil Shiaboist, Sgoil Dhalabroig agus Sgoil Phaibil) agus 29 bun-sgoiltean aig B1-B7. Tha foghlam ann an sgoiltean Innse Gall eadar-dhealaichte a rèir feuman gach sgìre agus tha seo air leantainn gu bheil seilbh na sgoile gu math sgapte.

Tha a' Chomhairle an-dràsta a' cur an gnìomh Pròiseact Sgoiltean nan Eilean Siar a bheir àiteachan sgoile ùr no ùraichte do 40% de na sgoilearan a tha ann aig an àm seo. Tha a h-uile sgoil a tha an sàs anns a' phròiseact (ach a-mhàin Sgoil Bharabhais - B) air a meas mar staid roinn C (truagh) agus bidh gluasad an stòrais a tha air a chaitheamh aig an àm seo air càradh agus sgeadachadh nan sgoiltean sin na bhuannachd do sgoiltean eile.

Thathar air tuigsinn o chionn fhada gu bheil buidseatan càraidh agus cumail suas airson seilbh na sgoile againn fada ro ìosal, gu sònraichte mar thoradh air an aimsir anns na h-eileanan agus àireamh, aois agus structair sgoiltean na Comhairle. Ged a tha ceistean cudromach aig Comhairlean eile co-cheangailte ri togalaichean tha e inntinneach nach do chomharraich sgrùdadh staid sgoiltean 2007 gun robh gin de sgoiltean na Comhairle ann an staid "mhath".

Aig an àm seo tha 60% de sgoilearan B1-3 a' gabhail biadh-sgoile. Mar a tha sinn a' gluasad gu ceangal a' Cho-chòrdaidh cha toir e buaidh air luchd-obrach agus togalaichean ach ann an dà sgoil a-mhàin.

Tha 500 pàiste 3-5 bliadhna a dh'aois againn ann an 30 ionadan ro-sgoil. Tha 19 de na h-ionadan sin a' solar foghlam ro-sgoil tro mheadhan na Gàidhlig. Tha a' Chomhairle a' toirt taic, tro Surestart, do mu 42 cùisean fosgailte sa chumantas gach mìos. Cuiridh sinn suas na h-uairean airson foghlam ro-sgoil bho 475 gu 570 gach bliadhna. Bho Lùnastal 2010, bidh foghlam sgoil-àraich air fad aig 15 uairean gach seachdain airson gach teirm de sheisean na sgoile.

Sa h-àbhaisteach, 's e clasaichean beaga a tha nar sgoiltean le 16 sa chumantas ann an clasaichean na bun-sgoile. Ged a tha an comas againn airson luchd-teagaisg do chlasaichean meud 18 agus nas ìsle, 's e manaidsearan sgoile a tha a' riaghladh suidheachadh nan clasaichean agus cleachdadh luchd-teagaisg a thaobh nan rumannan a tha rim faotainn.

Ro 2006, cha robh a h-uile sgoilear a' dèanamh 8 làn chùrsaichean ìre choitcheann no cùrsaichean co-ionann agus thug sin buaidh air na puingeann rang cuibheasach airson sgoilearan AS4. Tha ullachadh ann a-nis a tha a' toirt cothrom do sgoilearan suas ri 8 cùrsaichean ìre choitcheann no cùrsaichean co-ionann a dhèanamh, mar sin a' meudachadh na puingeann rang cuibheasach airson sgoilearan sa 4^{mh} bliadhna.

Anns a h-uile gin de na ceuman as cumanta airson deuchainnean nàiseanta ach a h-aon, tha coileanadh ar sgoilearan fhathast nas àirde na sgoilearan gu nàiseanta. Uile gu lèir, tha coileanadh sgoilearan aig deireadh na 6^{mh} bliadhna fhathast gu mòr os cionn sgoilearan gu nàiseanta.

Tha an tomhas de chloinn a' fàgail na sgoile nach eil ann am foghlam, cosnadh no trèanadh nas ìsle (7%) na am figear nàiseanta (14%). Tha 59% den òigridh againn a' dol air adhart gu foghlam adhartach agus àrd-ìre an coimeas ri 56% gu nàiseanta.

Bidh mòran den òigridh an Innse Gall a thèid air adhart gu foghlam àrd-ìre a' faighinn cosnadh air tìr-mòr agus thall thairis. 'S e seo is coireach nach eil an tomhas ann an cosnadh le teisteanasan ceum ach aig 13.6%, mòran nas ìsle na cuibheasachd na h-Alba de 21.8%.

'S e aon de na dùbhlain mu choinneamh Innse Gall a bhith a' leudachadh air na cothroman do dhaoine gluasad air adhart gu cothroman foghlaim, cosnadh no trèanadh anns na h-Eileanan agus solarachadh slighean adhartais freagarrach do luchd-ionnsachaidh gu cothroman trèanadh eile le teisteanas.

Tha mòran dhaoine air feadh nan eilean a' bruidhinn na Gàidhlig agus tha iomadh iomairt foghlaim feumail ann airson a' chànan adhartachadh agus a leasachadh. Tha Gàidhlig na phrìomh phàirt de beatha agus cultar Innse Gall le solarachadh foghlaim na stiùir chudromach ann am buileachadh planaichean agus poileasaidhean Gàidhlig. Ged a tha Gàidhlig aig còrr air 70% of the àireamh-sluaigh aig an àm seo, 's e ar dùbhlain fhathast gum bi cothroman Gàidhlig rim faotainn don h-uile aois gus am faigh iad air sgilean sa chànan a thogail no a leasachadh.

Tha an t-ùghdarras ag obair còmhla ri com-pàirtichean ann an adhartachadh Foghlam tro mheadhan na Gàidhlig gus meudachadh air an àireamh de sgoilearan a tha air an teagasg tro mheadhan na Gàidhlig.

Curraicealam airson Sàr-mhathais

Tha an t-ùghdarras agus a sgoiltean air a bhith an sàs ann an Curraicealam airson Sàr-mhathais bho thòisich e, agus tha e ann an suidheachadh far a bheil cuid de

dh'eileamaidean, mar 'S ann airson Ionnsachadh a tha Measadh, Iomairt, brosnachadh slàinte agus saoranachd sa mhòr-chuid air an daingneachadh ann an sgoiltean agus leasachaidhean ann an roinnean eile an co-rèir ri na loidhnichean-tìm nàiseanta. 'S e na leanas na prìomh dhùbhlain airson an ùghdarras:

- Dèanamh cinnteach gum bi eadar-obrachadh nas dlùithe eadar sgoiltean-àraich agus B1, far nach eil an sgoil-àraich agus a' bhun-sgoil air an aon làrach;
- Cur clasaichean ann am buidhnean far nach eil na h-àireamhan freagarrach airson clas B1 air leth, an suidheachadh a tha anns a h-uile sgoil ach 2.
- Dèanamh cinnteach gu bheil foghlam freagarrach airson ar sgoilearan gu lèir anns a' chlàr-teagaisg a tha air a thabhann aig an ìre thràth san àrd-sgoil (AS1-3), nì nach eil comasach taobh a-staigh nan structairean a tha againn aig an àm seo. Tha a' Chomhairle air dèiligeadh ris le co-dhùnadh an solarachadh aig ìre AS1-AS2 a stad ann an 7 sgoiltean agus sgoilearan a ghluasad gu foghlam AS1-AS6. Airson ceithir de na sgoiltean sin, bha co-dhùnidhean an urra ri ministearan na h-Alba, agus cha tug iad cead a stad. Bidh an t-àm aig am bi iad a' stad gu mòr an urra ri Sgoil ùr MhicNeacail a bhith crìochnaichte.

Tha an t-ùghdarras air modail Coimhearsnachd Ionnsachaidh de lìbhrigeadh seirbheis a stèidheachadh a tha ag amas an toiseach air daoine òga ann an cunnart bho as-dhùnadh sòisealta a chomharrachadh aig ìre thràth agus mar sin measadh air feum agus ullachadh plana gnìomh èifeachdach a cho-òrdanachadh le daoine fa leth, buidhnean, coimhearsnachdan no siostaman. Tha an t-ùghdarras cuideachd an dùil am modail Coimhearsnachd Ionnsachaidh a leudachadh gus buidhnean com-pàirteachais a ghabhail a-steach ann an solarachadh sheirbheisean leis a' phàiste sa mheadhan.

Foghlam Adhartach

Bhathar a' cur meas air foghlam a-riamh ann an Innse Gall. Tha an ìre fuireach-air nas àirde na ceàrnaidh sam bith de dh'Alba agus tha staitistig Dreuchdan Alba airson 2007 a' sealltainn gu bheil 94% de chloinn a' fàgail na sgoile "a' cur a-steach buil chinnteach", 's e sin, a' dol gu cosnadh, trèanadh agus/no foghlam adhartach /àrd-ìre. Tha seo mòran nas àirde na targaid nàiseanta Riaghaltas na h-Alba de 87%. Roimhe seo chaidh coinneachadh ris an iarrtas airson foghlaim tro bhith a' gluasad mòran òigridh gu mòr-bhailtean na h-Alba agus ionadan foghlaim àrd-ìre. Tha mòran dhiubh nach till gu eileanan an àraich às dèidh foghlam àrd-ìre, agus mar sin tha na coimhearsnachdan ionadail a' call an sgilean agus an comas cosnaidh. Tha mòran den fhoghlaim air a thabhann le Colaisde a' Chaisteil air feadh Innse Gall air a dhealbh airson òigridh, an sgilean agus an comas cosnaidh a chumail sa choimhearsnachd agus mar sin a' dèiligeadh ri lùghdachadh air àireamh-sluaigh. Agus tha e a' cuideachadh gus dèanamh cinnteach gum faigh inbhich air cothroman air foghlaim agus trèanadh, gus an ullachadh airson cosnaidh, no mar leasachadh proifeiseanta leantainneach.

Mar an aon sholaraiiche foghlaim adhartach agus àrd-ìre an Innse Gall, 's e dleastanas Colaisde a' Chaisteil iomadh seòrsa seirbheis foghlaim a sholarachadh agus coinneachadh ri feuman a h-uile buidheann le com-pàirt sa chùis, bho sgoilearan AS3 gu obair rannsachaidh for-cheum agus sgoilearachd.

Bidh pàirt Colaisde a' Chaisteil a tha a' sìor fhàs cudromach ann an leasachadh agus lìbhrigeadh foghlam Gàidhlig aig a h-uile ìre, a' gabhail a-steach prògram bogaidh ùr-ghnàthach Ùlpan, a tha fhathast na mheadhan fìor chudromach airson leasachadh air Gàidhlig sa choimhearsnachd.

Lean an cudrom a tha a' Cholaisd a' cur air cultar dùthchasach gu prògraman sònraichte ann an Uibhist, a tha a' cur cudrom air na h-ealain, ciùird, ceòl agus cultar. Tha prògraman mar seo san amharc airson Leòdhas agus na Hearadh. Tha crìochnachadh *An Lanntair*, an t-ionad ealain ùr ann an Steòrnabhagh, ann an 2005 a' toirt cothroman com-pàirteachais do Cholaisde a' Chaisteil co-cheangailte ri leasachadh nan ealan. Tha leudachadh *Taigh Chearsabhagh*, an t-ionad ealain ann an Loch nam Madadh, Uibhist a Tuath, le a stiùidiothan teagaisg ùra, a' toirt tuilleadh cothruim don cholaisde a bhith a' dealbh a cùrsaichean ealain sònraichte còmhla ri na com-pàirtichean acadamaigeach eile aig OGE, le speisealachadh ann an ealain na h-àrainneachd.

Tha prìomh chom-pàirt aig Institiud Mìle-bliadhna OGE ann an Colaisde a' Chaisteil. Mar a tha com-pàirteachas acadamaigeach OGE a' fàs, tha e a' dol nas cudromaiche don roinn, agus tha buidhnean eile le com-pàirt a' sùileachadh barrachd. Rè na h-ùine air a ghabhail a-steach san SOA seo, bidh OGE glè fhaisg air amas a bhith a' faighinn tiotal oilthigh. Cruthaichidh seo barrachd is barrachd cothroman do Cholaisde a' Chaisteil, a tha mar-thà air grunn phrògraman ceum air-loidhne a chur air dòigh, agus aig a bheil obair rannsachaidh iar-cheumnaiche ann an diofar roinnean a bhuineas do choimhearsnachdan Innse Gall.

Tha an Com-pàirteachas a' coimhead ri taic fhaighinn bho Leasachadh Sgìlean Alba le coileanadh Buil agus Amasan SOA sna h-eileanan a thaobh Foghlaim, Sgìlean agus Trèanaidh.

Foghlam Coimhearsnachd

Buinidh ionnsachadh agus leasachadh sa choimhearsnachd do fhoghlam neo-fhoirmeil agus leasachadh sòisealta le daoine agus buidhnean anns na coimhearsnachdan. 'S e amas na h-obrach seo a bhith a' neartachadh choimhearsnachdan tro leasachadh eòlas, sgìlean agus misneachd, comas eagrachaidh agus stòrasan dhaoine. Tha ionnsachadh agus leasachadh sa choimhearsnachd a' cuideachadh gu mòr le adhartachadh foghlam fad-beatha, in-ghabhail shòisealta agus saoranachd gnìomhach. Tha obair CLD a' gabhail a-steach Leasachadh Pearsanta airson inbhich agus òigridh agus àrdachadh comas coimhearsnachd co-cheangailte ri na trì prìomhachasan nàiseanta airson CLD mar a leanas:

Coileanadh tro ionnsachadh airson Inbhich

Àrdachadh ìrean coileanaidh ann an ionnsachadh airson inbhich tro chothroman foghlam fad-beatha stèidhichte sa choimhearsnachd a' gabhail a-steach bun-sgìlean litearrachd, àireamhachd, conaltraidh, obrachadh còmhla ri daoine eile, fuasgladh-cheistean agus teicneolas fiosrachaidh agus conaltraidh (TFC).

Coileanadh tro ionnsachadh airson Òigridh

Co-obrachadh le òigridh gus an leasachadh pearsanta, sòisealta agus foghlaim a chuideachadh agus cothrom a thoirt dhaibh air guth, buaidh agus àite sa chomann-shòisealta.

Coileanadh tro àrdachadh Comas Coimhearsnachd

Àrdachadh air comas agus buaidh coimhearsnachd le cothrom a thoirt do dhaoine a bhith a' cur ris a' mhisneachd, an tuigse agus na sgìlean a dh'fheumar airson buaidh a thoirt air co-dhùnaidhean.

Ann an 2007 bha 17.5% den t-sluagh aig aois obrach ann an Innse Gall gun teisteanas sam bith no le teisteanasan aig ìre ìosal an coimeas ris a' chumantas an Alba de 16.1%.

Tha an àireamh de Dhùisean Diùc Dhùn Èideann a fhuair a' chumantas mar % den t-sluagh 14-25 ann an Innse Gall mu 1.4% an coimeas ris a' chumantas an Alba de mu 0.4%.

Sheall an suirbhidh air Ionnsachadh agus Leasachadh sa Choimhearsnachd Nàiseanta ann an 2007 gu robh 239 cothroman ionnsachaidh air an solarachadh gu dìreach leis an ùghdarras ionadail an coimeas ri 95 ann an 2006. Fhuair am meudachadh air cothroman taic bho mhaoineachadh Ath-bheothachaidh, ach cha do chùim an taic tro Mhaoin Alba nas Cothromaiche a' dol airson an raoin seo. Sheall an suirbhidh cuideachd lùghdachadh ann an cothroman ionnsachaidh do dh'òigridh bho 414 ann an 2006 gu 311 ann an 2007.

Gu nàiseanta, bho 2006 gu 2007, bha meudachadh 10% ann an cothroman ionnsachaidh sa choimhearsnachd do dh'ìnbhich agus lùghdachadh 6% ann an cothroman obrach sa choimhearsnachd do dh'òigridh.

Buil Ionadail	3	Tha <u>deagh fhoghlam, trèanadh agus sgilean</u> aig sluagh Innse Gall
Amasan Ionadail	3A	Dèanamh cinnteach gum bi foghlam, trèanadh agus sgilean iomchaidh aig luchd-obrach ionadail
	3B	Meudachadh air an % de dhaoine ann am foghlam agus trèanadh a gheibh cosnadh iomchaidh ann an Innse Gall
	3C	Solarachadh leasachaidhean curraicealaim nas freagarraiche airson feuman ionadail

4.4 Slàinte agus Mathas-beatha

Tha roinnean slàinte sònraichte le prìomhachas ann a gheibh fìor bhuannachd bho dhòigh com-pàirteachais. Tha iad sin a' gabhail a-steach roinnean mar mì-bhuileachadh deoch làidir (2^{mh} ìre as àirde de thurasan san ospadal co-cheangailte ri deoch làidir thar nan 63 Com-pàirteachasan Slàinte Coimhearsnachd an Alba), slàinte inntinn, am meudachadh san tomhas de thinneasan fad-ùine (gu sònraichte airson tinneasan cridhe a' gabhail a-steach tinneas cridhe coronach, diobairt-cridhe, bruthadh-fala àrd, msaa.) nar coimhearsnachdan le barrachd is barrachd sheann daoine agus cothroman air slàinte fhaighinn tro nithean mar barrachd eacarsaich.

Tha buaidhean nam prìomhachasan sin a thaobh slàinte a' phobaill còmhla ri sluagh a' fàs sean agus slighe poileasaidh a dh'ionnsaigh gluasad cothromachadh air cùraim airson slàinte agus cùram sòisealta nam prìomh roinnean airson com-pàirtichean.

Tha **dùil-beatha** air a bhith a' meudachadh agus tha sùil ri tuilleadh meudachaidh ach tha eadar-dhealachaidhean soilleir eadar gnèithean. Tha dùil-beatha fhireannach ann an Innse Gall airson na h-ùine as ùire (2005-07) aig 72.9 (2mh as ìsle ann an HBan na h-Alba) an coimeas ri dùil-beatha bhoireannach de 80.2 a tha os cionn ìre chumanta an Alba (79.7).

Ach, tha dùil-beatha fhallain aig fireannaich ann an Innse Gall de 66.7 bliadhna, os cionn ìre chumanta an Alba (66.3 bliadhna), agus an ùine shùilichte "gun slàinte mhath" de 5.3 bliadhna (7.0 bliadhna airson Alba). Tha dùil-beatha fhallain aig boireannaich ann an Innse Gall de 73.4 bliadhna (70.2 bliadhna airson Alba), le ùine shùilichte "gun slàinte mhath" de 6.5 bliadhna (8.5 bliadhna airson Alba). (3)

Slàinte Chloinne - Tha slàinte chloinne an Innse Gall measgaichte an coimeas ris a' chòrr de dh'Alba le gluasadan caran math ann an ìrean de dheugairean a' faighinn pàistean agus an ìre de mhàthraichean a' smocadh ach air an làimh eile le eachdraidh an ìre mhath truagh a thaobh reamhrachd chloinne (a rèir an staitistig as ùire 's e Innse Gall as àirde den h-uile bòrd slàinte an Alba). Bu chòir atharrachadh mòdail gu siubhal air baidhsagal no air chois, gu h-àraidh am measg clann sgoile, a bhrosnachadh gus piseach a thoirt air slàinte.

'S dòcha gur e **Mì-bhuileachadh Deoch Làidir** a' phrìomh uallach slàinte do shluagh Innse Gall gu sònraichte ma tha e air a thomhas a-rèir an t-suidheachadh ann an àiteachan eile. A thaobh turasan don ospadal co-cheangailte ri deoch làidir 's ann an Innse Gall a tha an dara ìre as àirde am measg nan 63 Com-pàirteachasan Slàinte Coimhearsnachd air fad an Alba, a tha a' cur ìrean bàsmhorachd dhaoine òga co-cheangailte ri deoch ann an Innse Gall mòran nas àirde na cuibheasachd na h-Alba aig 38 gach 100,000 àireamh-sluaigh agus 27 gach 100,000 fa leth airson 2002-06.

Tha **slàinte inntinn** na phrìomhachas aig NHS nan Eilean Siar le sreath de phrògraman nàiseanta agus ionadail a' cur cudrom air an roinn seo a tha gu tric air a dhearmad. Tha iad sin a' gabhail a-steach an Caidreachas Slàinte Inntinn a tha a' rannsachadh libhrigeadh seirbheis leasaichte airson leigheas thinneasan inntinn, libhrigeadh prògram slàinte inntinn, Slighean Cùraim amalaichte Slàinte Inntinn agus Pròiseact a' Chliseim agus buileachadh Ro-innleachd Slàinte Inntinn Chloinne & Òigridh.

'S e **tinneasan fad-ùine**, gu sònraichte tinneasan cridhe, dùbhlàn sònraichte eile, gu h-àraidh mar a tha sinn a' coimhead air adhart a thaobh ar sluagh a tha a' fàs sean a tha follaiseach mar-thà anns na h-ìrean mòran nas àirde de dhiofar thinneasan cridhe ann an Innse Gall a' gabhail a-steach Tinneas Cridhe Coronach, dìobairt-cridhe, bruthadh-fala àrd, eas-ghnìomhadh ceàrr-bholgan, critheanaich cuisle-mòr, agus stròc.

Tha **seann daoine** an Innse Gall a' faighinn mòran sheirbheisean dlùth chùraim san dachaigh (44.1%) agus cùram pearsanta an-asgaidh san dachaigh (8.5%) a bharrachd air cuibheasachd na h-Alba (29.2% agus 4.8% fa leth). Ach, tha na àireamhan de sheann daoine a' dol air ais don ospadal fhathast beagan os cionn ìrean na h-Alba.

Eacarsaich Thathar a' tuigsinn gu bheil buannachdan slàinte an cois eacarsaich; agus cuidichidh coiseachd gu sònraichte ann an dèiligeadh ri diofar dhuilgheadasan cuirp agus inntinn. Chaidh mòran airgid a chur ri leasachadh fhrith-rathaidean agus slighean gu coilltean gus am bi buidhnean poblach agus buidhnean ionadail gan cleachdadh. Bu chòir tuigsinn cuideachd na dh'fhaodadh taic do leasachadh nan goireasan sin cur ri slàinte agus mathas-beatha.

Iomallachd agus dùthchasachd

Aig an iomall as fhaide gu taobh an iar na h-Alba agus na Roinn Eòrpa tha dùbhlain sònraichte mu choinneamh Innse Gall gus dèanamh cinnteach nach bi a choimhearsnachdan nas miosa dheth.

Ann an ceangal dlùth ri dùbhlain cruinn-eòlasach na sgìre tha crìonadh sluagh nan eilean, gach cuid a thaobh inbhe eilean iomallach agus cho fìor dhùthchail 's a tha a coimhearsnachdan.

Tha 78.9% de shluagh Innse Gall a' fuireach ann an sgìrean air am meas mar fìor iomallach-dùthchail (*a rèir sgeama rangachaidh 8 fhìllte Bailteil/Dùthchail*) an coimeas ri 3.0% an Alba gu lèir, 's e sin an tomhas as motha de sgìre bòrd slàinte sam bith¹ Anns an aon dòigh, 's ann an Innse Gall a tha an dara dùmhachd-sluaigh as ìsle aig 8.5 neach /km² den h-uile bòrd slàinte an Alba, le cuibheasachd na h-Alba aig 65.2 neach /km.³ Tha còrr air trì chairteal den àireamh-sluaigh an Innse Gall air am meas a bhith a' fuireach ann an sgìrean 'cìon cothruim' an coimeas ri 15% an Alba gu lèir, mar a chaidh a thomhas le raon shlighean dùthcha SIMD.

Mar sin, tha iomallachd agus gainnead sluaigh na dùbhlain do na Com-pàirtichean Dealbhadh Coimhearsnachd ann an leasachadh fuasglaidhean èifeachdach air neo-ionannachdan a dh'fhaodadh a bhith sna coimhearsnachdan. Tha buil nan nithean sin air an t-sluagh air fhaireachdainn chan ann a-mhàin a thaobh cothrom air seirbheisean ach ann am buaidhean dìreach eile air slàinte agus mathas-beatha dhaoine mar thoradh air so-leòntachd eaconamach agus iomallachd sòisealta an suidheachadh iomallach/dùthchail. 'S e cothrom gu h-ionadail air sàr sheirbheisean poblach, ceanglaichean còmhhdail nas fheàrr, Cìs Ionann Rathaid/Sgeama Faraidhean Adhair nas Saoire, seirbheis bann-leathann didseatach do na h-uile agus cothrom air connadh agus cumhachd aig prìs ruigsinneach beagan de na prìomhachasan airson com-pàirtichean gus dèanamh cinnteach nach bi Innse Gall agus gu sònraichte na coimhearsnachdan as iomallaiche, nas miosa dheth.

Neo-ionannachdan sòisio-eaconamach agus easbhaidh dùthchail

Chan eil teagamh nach eil dùbhlain sòisio-eaconamach ro Innse Gall cuideachd a tha a' dèanamh dìth stòrais na phàirt glè mhòr de bheatha cuid de shluagh nan eilean. Faodaidh seo gabhail a-steach teachd-a-steach teaghlaich ìosal agus cothrom air taighean math aig prìs reusanta. Mar sin, 's ann an Innse Gall a tha an 3^{mh} teachd-a-steach teaghlaich as ìsle sa chumantas san Rìoghachd Aonaichte de 121 sgìrean gu h-iomlan⁴ agus tha còrr air 10% de dhachaighean an Innse Gall "fo ìre ionannas" an coimeas ri 0.5% airson Alba gu lèir.⁵

Tha bochdainn connaidh na dhuilgheadas sònraichte do na h-eileanan. 'S ann an Innse Gall a tha an ìre bochdainn connaidh as àirde den h-uile Ùghdarras Ionadail an Alba (SHCS 2004-2007) aig 49%. B e 22% an ìre cumanta an Alba. Ach, tha suirbhidhean ionadail ga mheas aig 60%. Tha am bochdainn connaidh as miosa, 's e sin ma dh'fheumar còrr air 20% de theachd-a-steach teaghlaich a chaitheamh air connadh, mòran nas àirde am measg theaghlaichean an Innse Gall, aig 19.2% gach bliadhna, an coimeas ri 5.5% anns a' chòrr de dh'Alba eadar 2003-2006

¹ Rangachadh Bailteil Dùthchail Riaghaltas na h-Alba, 2005-06

² Oifis Clàraidh Choitcheann na h-Alba

³ Oifis Clàraidh Choitcheann na h-Alba

⁴ Aithisg *Ionmhas na Dùthcha*, 2003

⁵ 2002 Suirbhidh Staid Thaighean na h-Alba, 2004

'S e an tomhas air easbhaidh thar roinnean riaghaltais aig an àm seo Clàr Ioma-easbhaidh na h-Alba a tha stèidhichte air sgìrean agus nach eil a' toirt àite do nàdar sgapte easbhaidh dùthchail. Feumar modhan eadar-dhealaichte agus ùr-ghnàthach a dhealbh taobh a-staigh Innse Gall airson easbhaidh dùthchail agus a bhuidhean ann an diofar àiteachan a chomharrachadh a' gabhail a-steach neo-ionannachdan slàinte. Mar eisimpleir, tha dèiligeadh ri neo-ionannachdan slàinte na fhìor phrìomhachas riaghaltais, ach tha e iad nan dùbhlain do sgìrean dùthchail air sgàth an duilgheadais le tomhas agus cuimseachadh – mar sin chan eil sgìrean an Innse Gall taobh a-staigh an 15% de na bannan-dàta as bochda mar a chaidh a thomhas le Clàr Ioma-easbhaidh na h-Alba.

Co-ionannachd agus Iomadachd taobh a-staigh choimhearsnachdan

Cha robh coimhearsnachd shòisealta Innse Gall a-riamh cho measgaichte ri tìr-mòr na h-Alba. Ach, tha in-imrich do na h-eileanan o chionn ghoirid, gu h-àraidh à Taobh an Ear na Roinn Eòrpa, air cur ri na buidhnean dùthchasach à àiteachan eile.

Tha Com-pàirtichean Dealbhadh Coimhearsnachd a' tuigsinn gum faod coimhearsnachdan measgaichte cur gu mòr ri beothachadh nan eilean san àm ri teachd, agus gum feum na coimhearsnachdan sin cothrom co-ionann air com-pàirteachadh ann am beatha nan eilean agus cur ris.

Slighean Dùthchail

Tha cothrom a bhith a-muigh cudromach do dh'iomadh duine an Alba. Faodaidh e cuideachadh a' libhrigeadh mòran buannachdan sòisealta, eaconamach agus àrainneachd, bho shiubhal nas seasmaiche agus meudachadh turasachd gu slàinte agus gnè-beatha nas fheàrr. Tha brosnachadh com-pàirteachaidh agus cleachdadh shlighean dùthchail le cùram agus toirt taic do leasachadh seasmhach cudromach ann an coileanadh nam buannachdan sin.

Tha e comasach iomadh buannachd fhaighinn bho leasachadh co-òrdanaichte air solarachadh agus rianachd bun-structair, mar lionra shlighean ionadail, slighe fhada, tèarmannan nàdair ionadail, coiseachd sa choille agus seirbheisean maor-coille co-cheangailte riutha.

A' dìon ar coimhearsnachdan:

Tha **eucoir** ann an Innse Gall am measg nan ìrean as ìsle air an clàradh an Alba le 26.7 eucoirean (gach raon eucoir SIMD) gach 1,000 àireamh-sluaigh an coimeas ri ìre na h-Alba de 53.5, ach tha eucoir agus mì-rian co-cheangailte ri deoch làidir na uallach sònraichte a tha a' meudachadh.

Tha cliù Innse Gall mar 'àite còmhnaidh sàbhailte' math airson daoine a thàladh ann mar àite-còmhnaidh agus àite-obrach. Tha OHCPP a' tuigsinn gu bheil e cudromach an iomhaigh shàbhailte seo a chumail suas.

Tha seirbheisean Ùghdarras Ionadail do chloinn, òigridh agus theaghlaichean an Innse Gall air an solarachadh tro Roinn Sheirbheisean Chloinne air a stèidheachadh às ùr a' gabhail a-steach foghlam agus obair shòisealta chloinne agus theaghlaichean.

Ged a tha na h-àireamhan de chloinn, òigridh agus theaghlaichean a tha buileach ana-cothromach ann an cunnart an Innse Gall beag an coimeas ri sgìrean ùghdarras ionadail nas motha, tha iom-fhillteachd nam feuman aig mòran den chloinn agus theaghlaichean sin a' toirt dùbhlain cruinn-eòlasach, sòisealta agus ionmhasail

sònraichte a thaobh solarachadh dlùth sheirbheisean agus seirbheisean speisealta air feadh coimhearsnachdan dùthchail sgapte ann an sreath eileanan mar Innse Gall.

Bidh Seirbheisean Foghlaim ag obair còmhla ri buidhnean eile gus dèanamh cinnteach gum bi planaichean iomchaidh aca don h-uile pàiste a bheir taic don ionnsachadh, in-ghabhail agus coileanadh.

Tha Seirbheisean Obair Shòisealta Chloinne agus Theaghlaichean a' solarachadh measadh proifeiseanta, rianachd cùraim, agus taic leigheasail agus prataigeach do mhòran den chloinn agus de na teaghlaichean as ana-cothromach a tha a' fuireach ann an Innse Gall. Tha na seirbheisean sin air an solarachadh tro obair an com-pàirt dlùth le, mar eisimpleir, Feachd-poileis a' Chinn a Tuath, Seirbheis Neach-aithris Chloinne na h-Alba, an t-Ùghdarras Foghlaim, Pannal na Cloinne agus NHS nan Eilean Siar. Tha seirbheisean cuideachd air an solarachadh tro bhuidhnean san treas earrann ag obrachadh gach cuid taobh a-staigh Innse Gall agus taobh a-muigh na roinne. 'S e an t-seirbheis as cudromaiche dhiubh Action for Children (roimhe NCH Scotland) ris a bheil ceangal aig Comhairle nan Eilean Siar agus NHS nan Eilean Siar gus measgachadh farsaing de sheirbheisean a sholarachadh.

Tha seirbheisean air an dealbh airson a bhith a' co-fhreagairt, a' dìon agus a' toirt dlùth-chùram a rèir feuman pearsanta chloinne, dhaoine òga agus an teaghlaichean.

Tha cùisean a bhios air an tar-chur gu na seirbheisean do chloinn agus òigridh ana-cothromach an Innse Gall, a' gabhail a-steach an fheadhainn aig a bheil feuman sònraichte garbh agus iom-fhillte, air am prìomhachadh gu h-iomchaidh agus air dèiligeadh riutha ann an deagh àm an lùib frèam measaidh aithnichte le measadh air cunnart coileanta. Às dèidh sin tha measaidhean air an dèanamh agus planaichean cùraim, dìon agus taic iomchaidh air an ullachadh ann an co-chomhairle ri cloinn, daoine òga, an teaghlaichean agus proifeiseantaich buntainneach a dh'fheumas seirbheisean a sholarachadh an co-cheangal ri plana cùraim, dìon agus taic.

Tha frèam làidir an sàs, a' gabhail a-steach a h-uile buidheann, gus am bi co-òrdanachadh, co-obrachadh, sgrùdadh agus ath-sgrùdadh math air na planaichean a tha ann gus taic a thoirt do chloinn agus òigridh ana-cothromach agus an teaghlaichean. Tha seo fìor gu h-àraidh far a bheilear den bheachd gu bheil pàiste, duine òg no teaghlach air leth fosgailte do chron corporra, feiseil no faireachail.

Tha luchd-obrach bho iomadh seòrsa buidheann air an trèanadh gu ìre iomchaidh anns gach roinn de chùram-chloinne agus leasachadh agus tha iad uile a' faighinn buannachd bho chothroman air pàirt a ghabhail aig ìrean a tha iomchaidh dhaibhsan agus aig ìrean seirbheis shònraichte agus ro-innleachdail ann am prògram trèanaidh dìon chloinne coileanta air a stiùireadh le Comataidh Dìon Chloinne Innse Gall.

- Thathar a' tuigsinn a thaobh ìrean nàiseanta gu bheil àireamhan iomlan chùisean obair shòisealta ann an Innse Gall beag agus gu bheil e doirbh gluasadan fhaicinn. Ach, chan eil seo ag àicheadh cho cudromach 's a tha cùisean do na daoine a tha na lùib.
- Ged a tha na h-àireamhan chloinne **ann an cunnart** caran beag ann an Innse Gall, (229 air an tar-chur gu Neach-aithris na Cloinne a-mach à 50,314 gu h-iomlan an Alba airson 2007/08) tha com-pàirtichean a' tuigsinn cho fìor chudromach 's a tha am feum air taic agus dìon do chloinn agus dhaoine ana-cothromach anns na h-eileanan.

- Tha **Òrdughan Stiùiridh Chloinne** air a bhith a' lùghdachadh o chionn beagan bhliadhnachan – bho 53 an sàs deireadh Màrt 2005 gu 29 deireadh Màrt 2008.

Buil Ionadail	4 Tha <u>slàinte agus mathas</u> cuirp agus inntinn an t-sluaigh air feadh Innse Gall air a leasachadh
Amasan Ionadail	<p>4A Meudachadh air an àireamh de dhaoine òga a' com-pàirteachadh sa chomann-shòisealta agus ann an co-dhùnaidhean</p> <p>4B Leasachadh air slàinte, sàbhailteachd agus mathas-beatha ar sluaigh</p> <p>4C Lùghdachadh air an àireamh de dhaoine a' fuireach ann an togalaichean Fo Ìre Ionannas (BTS)</p> <p>4D Lùghdachadh air an àireamh de theaghlacha a' fuireach ann am bochdainn connaidh</p> <p>4E Coinneachadh ri feuman fad-ùine chloinne, òigridh agus theaghlacha ana-cothromach a tha ann an cunnart</p> <p>4F Lùghdachadh àireamhan chloinne, òigridh agus theaghlacha far a bheil iad fhèin no am pàrantan a' mì-bhuileachadh stuthan</p>

4.5 Coimhearsnachdan

Com-pàirteachadh coimhearsnachd

An coimeas ri coimhearsnachdan eile, tha seasmhachd choimhearsnachdan lag ann an Innse Gall nas motha an urra ri làn cho-obrachadh agus chom-pàirteachadh leis an t-sluaigh. Fhuair suirbhìdh Measaidhean Coimhearsnachd 2007 a-mach gun robh mòr-chuid air leth àrd (94%) de luchd-freagairt toilichte lem beatha anns na h-eileanan. Bha mòran de na prìomh adhbharan a thug iad co-cheangailte ris an àrainneachd agus an teaghlach seach cothrom air seirbheisean no adhbharan eaconamach sam bith. Ma tha coimhearsnachdan gu bhith seasmhach feumar com-pàirteachadh dhaoine a tha ag iarraidh fuireach san sgìre. Tha mòr-chuid den luchd-còmhnaidh an sàs ann an obair shaor-thoileach (55%) ach air an làimh eile 's e ìrean caran beag a tha a' gabhail pàirt ann an clasaichean, clubaichean no ionnsachadh (26%). Le co-obrachadh cho cudromach airson coimhearsnachdan làidir a thogail 's iad na leanas na prìomh bhuilean co-obrachadh coimhearsnachd airson dealbhadh coimhearsnachd:

Tha a' choimhearsnachd na pàirt cudromach de bheatha Innse Gall agus tha bun-structair sòisealta air fhaicinn mar phàirt riatanach de spionnadh coimhearsnachd agus ath-bheothachadh coimhearsnachd. Tha taigheadas iomchaidh na phàirt deatamach den bhun-structair sin. Tha pàirt riatanach aig an t-seirbheis co-cheangailte ri solar thaighean ùra aig prìs reusanta.

Tha fìor ghainnead thaighean màil aig prìs reusanta ann an Innse Gall, gu sònraichte timcheall air sgìre Steòrnabhaigh far a bheil an t-iartras as àirde. Tha liostaichean-feitheimh airson taighean màil le taic shòisealta àrd, le tagraichean a'

feitheamh ùine mhòr (sa chumantas grunn bhliadhnachan) mus fhaigh iad taigh. Aig an àm seo, tha còrr air 800 tagraichean air liostaichean-feitheimh Com-pàirteachas Taigheadais Innse Gall (clàran HHP).

Tha ìre àrd de **cion dachaigheachd** sna h-eileanan cuideachd, agus chan eil a' ghainnead thaighean ga chuideachadh. Gu h-àbhaisteach tha a' Chomhairle a' faighinn 250 cùisean gach bliadhna - (KPlan CNES 2008). Mar sin, aig an àm seo chan urrainn don Chomhairle coinneachadh ri na targaidean nàiseanta airson Daoine gun Dachaigh 2012 (tagradh gu Riaghlaiche Taigheadais na h-Alba 2008).

Tha staid thaighean am measg taigheadas priobhaideach na uallach cuideachd, le àireamh nas àirde de thogalaichean anns na eileanan Fo Ìre Ionannachd (Suirbhuidh Staid Thaighean Ionadail CNES 2004). Tha seo gu mòr mar thoradh air ìre nas àirde de phàirtean a' briseadh mar thoradh air an aimsir. Tha an aimsir cuideachd a' ciallachadh nach mair pàirtean cho fada agus gum feumar pàirtean ùra nas trice. Tha taighean nach eil a' coileanadh Ìre Càileachd Taigheadais na h-Alba cuideachd os cionn na h-ìre chumanta (figearan SHSC Riaghaltas na h-Alba 2002).

Tha a' Chomhairle an-dràsta ag ullachadh Ro-innleachd Taigheadais Ionadail ùr airson 2009-2014 agus bidh sreath de phrìomh amasan ann airson dèiligeadh ri diofar chùisean taigheadais anns na h-eileanan. Ach, bidh e an urra ri na stòrasan a bhios rim faotainn dè cho fada 's a thèid an Ro-innleachd Taigheadais Ionadail le fuasgladh neo-ionannachdan co-cheangailte ri solar agus staid thaighean.

Tha Plana Leasachaidh nan eilean air a dhèanamh suas den Phlana Structarail a chaidh aontachadh ann an 2003 agus am Plana Ionadail ris an deach gabhail san Ògmhios 2008. Ach, tha a' Chomhairle an-dràsta a' deasachadh Plana Leasachaidh Ionadail ùr mar phàirt de dh'oidhirpean an Riaghaltais a bhith ag ùrachadh an t-siostam dealbhaidh. O chionn ghoirid tha a' Chomhairle air aonta a chur ri plana mothachadh dealbhaidh gus cuideachadh ag àrdachadh càileachd leasachaidhean ùra agus tha seo air a thoirt air adhart le Seirbheis Dealbhaidh na Comhairle.

A thaobh na h-àrainneachd thogte tha 256 togalaichean air liosta air feadh nan eilean, mu 20% dhiubh air am meas 'ann an cunnart'. Tha glèidheadh agus leasachadh air an dualchas togte seo cudromach mar phàirt de na h-oidhirpean ath-bheothachaidh iomlan.

Sàbhailteachd Coimhearsnachd

Ann an Innse Gall tha ìrean eucoir ìosal agus na h-ìrean fuasglaidh àrd. Tha sinn am measg nan ceàrnaidhean as sàbhailte mar àite-còmhnaidh an Alba. Ach, tha e cudromach nach fhàs sinn coma, ach gun cùm sinn oirnn le cumail suas agus leasachadh ar teist a thaobh eucoir, mì-rian agus cunnairt.

Ann an 2007/08 bha 970 eucoirean Buidheann 1-5 gu h-iomlan air an clàradh ann an Aithisg Coileanadh Poblach Feachd-poileis a' Chinn a Tuath. Bha lùghdachadh de 13.8% ann an eucoirean Buidheann 1-5 bhon bhliadhna roimhe. Tron obair an com-pàirt for-ghnìomhach eadar Comhairle nan Eilean Siar, Feachd-poileis a' Chinn a Tuath agus prìomh bhuidhnean eile, cumaidh an Com-pàirteachas Sàbhailteachd Coimhearsnachd air a' dèanamh cinnteach gum bi ar coimhearsnachdan fhathast a' faireachdainn sàbhailte.

Tha deoch làidir aithnichte mar phrìomh nì ann an iomadh roinn de shàbhailteachd sa choimhearsnachd, bho daoine fo aois 18 ag òl deoch làidir gu eucoir co-

cheangailte ri deoch làidir. Chomharraich aithisg SALSUS 2006 gu bheil 25% de dh'òigridh aois 15 bliadhna ag òl aon uair san t-seachdain aig a' char as lugha, gu h-àraidh spiorad agus alcopops. Tha ar figearan eucoir co-cheangailte ri deoch làidir a' sealltainn còrr air 1000 tachartasan ann an 2006/07.

Tha tubaistean rathaid fhathast nan uallach ionadail le 88.7% de dhaoine a chaidh an sgrùdadh ag ainmeachadh *Leasachadh Sàbhailteachd Rathaid* mar an raon a dh'iarradh iad a bhith na phrìomhachas àrd no meadhanach anns a' phlana choimhearsnachd. Ann an 2007/08 bha 168 tubaistean rathaid ann le 12 daoine air an droch leòn.

Tha am Measadh Ro-innleachdail air Com-pàirteachas Sàbhailteachd Coimhearsnachd 2007/08 air prìomh staitistig agus fiosrachadh ullachadh mu shàbhailteachd sa choimhearsnachd agus prìomh raointean airson obair ri teachd. Tha na raointean sin a' dèanamh suas nam builean ionadail, comharran buntainneach agus prìomh thargaidean airson an libhrigeadh.

Atharrachadh Aimsir

'S e sgìre dhùthchail iomallach a tha ann an Innse Gall le àireamh-sluaigh agus dùmhlachd-sluaigh ìosal, an sàs ann an obair gnìomhachais gu h-àraidh. Tha seo a' ciallachadh nach eil na tha an roinn a' cur ri na modhan a tha a' stiùireadh atharrachadh aimsir ach beag, an coimeas ri roinnean bailteil agus gnìomhachais, ach a dh'aindeoin sin bidh buaidh ionadail atharrachadh aimsir (me tràghadh-mara nas àirde, stoirmean nas miosa) neo-chothromach. 'S dòcha gu bheil na tha gach neach a' cur ris an ìre mhath mòr, ach mar sgìrean dhùthchail eile, chan eil mòran cothruim air buaidh bhrìoghmhor a dhèanamh. Ach, tha uallach a' meudachadh mun chunnart do chladaichean a tha fosgailte do thuileachadh bhon mhuir agus buaidh stoirmean.

Buil Ionadail	5	Tha <u>coimhearsnachdan</u> Innse Gall nas làidire agus nas comasaiche air am feuman agus àrd-amasan a chomharrachadh, a chur an cèill agus a chur gu buil agus a bhith cunntachail air an son
Amasan Ionadail	5A	Bidh sluagh Innse Gall fhathast a' cur seachad am beatha a' faireachdainn sàbhailte, gun mhòran eagail ro eucoir
	5B	Lùghdachadh air cunnart bho dhroch-dhiol no dearmad taobh a-staigh na coimhearsnachd
	5C	Lùghdachadh air cunnart sam bith bho atharrachadh aimsir
	5D	Leasachadh air co-obrachadh coimhearsnachd
	5E	Brosnachadh roinn shaor-thoileach nas seasmhaiche a' toirt taic do mhòr-mhiannan na coimhearsnachd

5F	Cothrom nas fheàrr air togalaichean coimhearsnachd aig pris ruigsinneach
----	--

4.6 Stòrasan Nàdarra agus Cultarail

Stòrasan nàdarra

Tha càileachd na h-àrainneachd nàdarra ann an Innse Gall air leth. 'S e sreath de dh'eileanan iomallach, sìtheil agus nàdarra a tha ann an Innse Gall, le gnèithean agus àrainnean inntinneach agus seallaidhean-tìre bòidheach ann an ceàrnaidh bheag. Tha am measgachadh de sheallaidhean-tìre sna eileanan a' cuideachadh a' cur ri feartan Innse Gall.

Tha cudromachd àrainneachd Innse Gall a' dol nas fhaide na am fearann gu na marannan mu chuairt nan eilean. Chan e a-mhàin gu bheil an sealladh-tìre mu chladaichean nan eilean air leth brèagha agus measgaichte ach cuideachd tha an cladach agus uisgeachan na mara cudromach do dhiofar ghnèithean agus àrainnean.

Tha an àrainneachd nàdarra a' toirt iomadh seòrsa obair eaconamach. Tha àiteachas, tuathanas-èisg, iasgach agus turasachd uile an urra ri sàr inbheachd na h-àrainneachd nàdarra. 'S e rianachd mothachail a' libhrigeadh buannachdan sòisealta, eaconamach agus àrainneachd an dòigh air ar stòrasan nàdarra a chleachdadh ann an dòigh sheasmhach. Chaidh ire nan stòrasan nàdarra a tha ann a chumail suas thar nam bliadhnan le cleachdadh fearainn mothachail nan daoine a tha a' fuireach agus ag obair air muir agus tìr – tha na siostaman beag-dèine a thathar a' cleachdadh air a' mhachair nam prìomh eisimpleir.

Tha clàran poilean a' sealltainn gun robh coilltean nàdarra sna h-eileanan suas gu 8,000 bliadhna air ais, leis a' chòmhdach chraobhan a' dol à bith mean air mhean tro ionaltradh agus fhalaisgean, agus aig toiseach a' chiad mhìle bliadhna AD bha an sealladh-tìre gun chraobhan. O chionn ghoirid, le taic bho dhiofar sgeamaichean tabhartais chaidh craobhan a chur air 3000ha de na h-eileanan bho 1995. An-diugh tha mu 4600ha de chòmhdach coille ann an Innse Gall, ach tha coilltean ùra abaich agus coilltean dùthchasach fhathast gann agus luachmhor (mu 200ha).

Gus àite a thoirt do chudrom na h-àrainneachd, tha Comhairle nan Eilean Siar an-dràsta a' deasachadh Plana Gnìomh Bith-iomadachd Ionadail. Tha seo a' buileachadh gnìomhan airson glèidheadh agus leasachadh bith-iomadachd aig ire ionadail stèidhichte air cuimsean agus amasan Plana Gnìomh Bith-iomadachd na Rìoghachd Aonaichte a bhuineas don dùthaich gu lèir.

Le bunait stòrais nàdarra fìor chudromach agus sealladh-tìre fìor mheasgaichte an Innse Gall, tha diofar seòrsa sònrachadh àrainneachd ann airson an dìon, mar:

1 Làrach Dhualchas na Cruinne (inbhe mheasgaichte le cudrom nàdarra agus cultarail) Eileanan Hiort.

53 Ionadan de Shuim Shònraichte Shaidheansail (SSSIan) – 's e an àrainn iomlan an Innse Gall air a ghabhail a-steach 37,350.6ha no 12.9%;

4 Tèarmannan Nàdair Nàiseanta (NNRan) - 's e an àrainn iomlan an Innse Gall air a ghabhail a-steach 3,237ha no 1.1%;

15 Àiteachan Sònraichte Diona (SPAan) - 's e an àrainn iomlan an Innse Gall air a ghabhail a-steach 31,538.5ha no 10.9%;

11 Ionadan Sònraichte Glèidhteachais (SACan) - 's e an àrainn iomlan an Innse Gall air a ghabhail a-steach 32,958.9ha no 11.4%;

3 Sgìrean Bòidhhead Nàiseanta (NSAan) - 's e an àrainn iomlan an Innse Gall air a ghabhail a-steach 116,600 ha no 40.3%

Chan eil sònrachadh neo-eisimeileach agus tha cuid de làraich eadar-cheangailte.

Tha còrr air 93% de dh'uisgeachan Innse Gall air am meas de chàileachd math no àrd agus thathar a' sùileachadh nach atharraich sin, tha càileachd àrainneachd uisge àrd aig Innse Gall. Tha seo a rèir amasan '*no deterioration*' na Riaghailt Frèam Uisge (WFD). Tha seo glè fhaisg air figear na h-Alba de 55%. Tha an 7% eile air a riochdachadh le 28 aibhnichean agus 7 lochan a tha an-dràsta air an rangachadh nas ìsle na inbhe mhath. Bithear a' dèiligeadh ri rianachd agus leasachadh na h-àrainneachd uisge ann am Plana Rianachd Taobh an Iar na Gàidhealtachd aon uair 's gum bi e crìochnaichte.

Stòrasan cultarail

Tha na h-eileanan pailt ann an arceòlas (430 làraichean àrsaidh clàraichte) agus ann an eachdraidh, aig a bheil mòran bhuannachdan eaconamach agus cultarail. Tha mòran fianais ann gun robh daoine bho àm ro-eachdraidheil an Innse Gall, mar a chithear bho na làraich arceòlais a' gabhail a-steach, broch, cùirn, dùintean agus tursachan. 'S e an làrach as ainmeile dhiubh Clachan Chalanais, a bha ann ro Stonehenge.

'S ann sna Sàgathan Lochlannach a tha na cunntasan sgrìobhte as tràithe mu Innse Gall. Tha buaidh an luchd-creachaidh agus luchd-tuineachaidh Lochlannach ri fhàicinn fhathast ann an iomadh ainm, aig a bheil bun Lochlannach. Thàinig na h-Eileanan gu bhith nam pàirt de dh'Alba ann am meadhan an 13mh linn ach thathar den bheachd gun tàinig Hebrides bhon fhacal Lochlannach '*Havbredey*', a' ciallachadh '*Eileanan air iomall a' chuain*'.

Tha dearbh-aithne chultarail làidir aig na daoine a rugadh an Innse Gall a bhuineas gu mòr do eachdraidh shònraichte agus thachartach. Tha ceangal dìreach aig beatha an Innse Gall ri àrainneachd agus cruinn-eòlas nan eilean, an t-siostam croitearachd agus a' Ghàidhlig. Tha an cultar Gàidhlig an Innse Gall nas fhollaisiche na ann an ceàrn sam bith eile de dh'Alba. 'S i a' Ghàidhlig fhathast an cànan as fheàrr le mòran eileanaich agus bruidhinnidh mu 60% de dh'eileanaich a' Ghàidhlig, le beagan eòlais aig 70% den luchd-còmhnaidh air Gàidhlig (a' gabhail a-steach leughadh, sgrìobhadh, bruidhinn no beagan de na trì). Tha a h-uile soidhne-rathaid anns na h-

eileanan ann am Beurla agus Gàidhlig agus tha mòran gnìomhachais làitheil air a dhèanamh sa Ghàidhlig.

Tha mothachadh aig com-pàirtichean air dearbh-aithne shònraichte Innse Gall, a tha stèidhichte air Cànan agus Cultar na Gàidhlig. Tha com-pàirtichean cuideachd a' tuigsinn àite na Gàidhlig ann am beatha cultarail, sòisealta agus eaconamach sluaigh Innse Gall agus mar sin tha Plana Gàidhlig na Comhairle ag amas air a' Ghàidhlig ath-bheothachadh an Innse Gall tro chaochladh cheuman. Tha eachdraidh shònraichte aig Innse Gall cuideachd le cultar beothail, a thàinig sìos tro bheul-aithris ann an sgeulachdan agus òrain. Gus an dualchas seo a chomharrachadh tha diofar thachartasan cultarail anns na h-eileanan gach bliadhna. Tha Fèis Cheilteach Innse Gall, a thòisich ann an 1996, ann am meadhan an Iuchair airson trì latha ann an Steòrnabhagh. Tha an fhèis a' gabhail a-steach tachartasan mar cèilidhean, dannsaichean agus cuirmean sònraichte le sgeulachdan, òrain agus ceòl bho chleasaichean às gach ceàrn de na h-eileanan agus nas fhaide air falbh.

Tha Sgoil Shamhraidh Ceòlas, Fèis Ealain na Hearadh agus Barra Live, còmhla ri Fèisean, cuideachd a' toirt cultar na Gàidhlig gu na daoine a tha a' fuireach anns na h-eileanan agus cuideachd a' tàladh barrachd is barrachd dhaoine à ceàrnaidhean eile gach bliadhna.

Buil Ionadail	6	Tha sluaigh Innse Gall a' faighinn gach buannachd à <u>stòrasan nàdarra agus cultarail</u> na sgìre, aig an aon àm a' dìon nan stòrasan sin airson math a' ghinealaich ri teachd
Amasan Ionadail	6A	Leasachadh air rianachd agus margaideachd ar n-àrainneachd thogte agus nàdarra
	6B	Dìon agus leasachadh ar stòrasan togte agus nàdarra do ghinealaichean ri teachd
	6C	Fàs, adhartachadh agus leasachadh cultar Innse Gall agus na Gàidhlig
	6D	Coileanadh Innse Gall gualan dearbhte
	6E	Coileanadh Innse Gall nas seasmhaich

4.7 Seirbheisean

Bun-structair

Tha mòran den obair eaconamach agus shòisealta a' tighinn bho thaobh a-staigh nan eilean, ach tha iad gu mòr an urra ri ceanglaichean rathaid/mara/adhair ri tìr-mòr airson bathar deatamach agus às-mhalairt. 'S e roinn fàis a tha ann an turasachd agus tha mòran cosnaidh an urra ri luchd-turais do na h-eileanan. Tha àireamhan luchd-siubhail fhathast a' meudachadh air aiseagan agus plèanaichean agus bidh

tòiseachadh RET a' tàladh luchd-turais, a' toirt taic do ghnìomhachasan agus do dh'eileanaich.

Tha na prìomh cheanglaichean-mara chun nan eilean ann an Ulapul, an Ùige (san Eilean Sgitheanach), agus san Òban, le ceanglaichean adhair dìreach gu Barraigh, Beinn na Faoghla agus Leòdhas tro phuirt-adhair Ghlaschu, Dhùn Èidinn, Obar Dheathain agus Inbhir Nis. Leis cho fada 's a tha e bho na prìomh mhargaidhean air tìr-mòr Bhreatainn agus san Roinn Eòrpa, còmhla ri còmhail a bhith cho ainneamh agus cho cosgail, tha na h-eileanan gu math nas miosa dheth na ceàrnaidhean dùthchail eile san rìoghachd. Mar sin, sa chumantas chan eil cus cudruim air leasachadh oir 's e na fìor dhùbhlain a tha ro na h-eileanan ciamar a chumar suas ìrean sluaigh agus eaconamaidh ionadail measgaichte.

Thathar an-dràsta a' dèanamh leasachaidhean ris an t-slighe cnàimh-droma eadar na h-eileanan. Còmhla ri leasachaidhean ri rathaidean gu coimhearsnachdan, bidh ceanglaichean eadar ar prìomh bhailtean agus a' chuid as motha de ar bailtean dùthchail air an leasachadh, a' dèanamh àiteachan iomallach agus seirbheisean agus goireasan ionadail nas ruigsinniche.

Tha a' choimhearsnachd na pàirt cudromach de bheatha ann an Innse Gall agus tha bun-structair sòisealta air a mheas riatanach do spionnadh coimhearsnachd agus ath-bheothachadh coimhearsnachd. Taobh a-staigh Innse Gall tha a' chuid as motha de sholarachadh bun-structair mar còmhail poblach, cùram slàinte agus foghlam air a cho-òrdanachadh bho Steòrnabhagh. Tha leasachaidhean o chionn ghoirid air a bhith ag amas air sgoiltean coimhearsnachd ùra ioma-thaobhach, anns a bheil diofar bun-structair sòisealta, mar goireasan cur-seachad, cothroman foghlaim (do chloinn agus inbhich) agus slàinte còmhla san aon thogalach no ann an grunn thogalaichean air an aon làrach.

Seirbheisean Amalaichte

Tha an Com-pàirteachas Dealbhadh Coimhearsnachd air a bhith ag obair air Plana Lìbhrigidh Sheirbheisean Amalaichte bho 2006 agus chaidh an obair seo a dhèanamh air bhonn 's gu bheil an Compàirteachas gu mòr airson cumail, amalachadh agus libhrigeadh sheirbheisean poblach an Innse Gall. An toiseach bha Comhairle nan Eilean Siar agus NHSWI an sàs san obair, ach bhon uair sin chaidh a leudachadh gu Com-pàirtichean eile.

B' iad a' chiad nithean rin libhrigeadh airson Pròiseact Lìbhrigidh Sheirbheisean Amalaichte: -

- Ionadan Ceangail sa Choimhearsnachd
- Co-sheirbheisean Slàinte agus Cùram Sòisealta
- Reprographics a' gabhail a-steach dealbhadh grafaic
- Rianachd ghoireasan
- Eadar-theangachadh Gàidhlig

Tha raointean eile gan toirt air adhart leis a' Chom-pàirteachas a' gabhail a-steach rianachd maoinne, tele-slàinte agus Lìonra Bann-leathainn Coimhearsnachdan Co-cheangailte.

Buil Ionadail

7. Tha sàr sheirbheisean aig Innse Gall, a tha a' sìor dhol am feabhas agus a' coinneachadh ri feuman ionadail

Amas Ionadail

7A Leasachadh leantainneach air amalachadh agus èifeachdas libhrigeadh agus càileachd ar seirbheisean poblach agus dè cho riarachaidhe 's a tha luchd-cleachdaidh leotha

7B Foghlam na cloinne againn ann an sgoiltean a tha freagarrach airson na 21^{mh} Linn a' gabhail a-steach solarachadh teicneòlais

7C Cùram sheann daoine iomchaidh agus co-òrdanaichte a sholarachadh aig ìre ionadail

7D Càileachd, cothrom agus prìsean ruigsinneach airson còmh-dhail agus conaltraidh

7E Leasachadh seirbheisean ùra aig ìre ionadail ma bhios feum orra

5 Tomhas air Soirbheachadh

Buil Ionadail 1 Tha àireamhan-sluaigh eileanan Innse Gall seasmhach, le cothromachadh nas fheàrr air buidhnean aoise, gnè agus sòisio-eaconamach			
Amasan Ionadail:			
1A Meudachadh air % san t-sluagh aig aois obrach 1B Meudachadh air % de dh'òigridh 1C Leasachadh air cothromachadh gnè 1D Cumail suas sgaoileadh-sluaigh 1E Barrachd thaighean aig pris ruigsinneach agus air an roinn nas fheàrr			
Builean Nàiseanta:			
1 Tha sinn a' fuireach ann an Alba, an t-àite as tarraingiche airson gnothachais san Roinn Eòrpa. 2 Tha sinn a' coileanadh ar làn chomas eaconamach le cothroman cosnaidh nas pailte agus nas fheàrr don t-sluagh againn.			
Comharra/n (le cunntas air tricead / seòrsa / buidheann)	Bun-loidhne aig 2006-07	Targaid/ean 'Adhartais' gu 2010-11 Targaid/ean raon/raointean-ama 'Deireannach'	Priomh Uallach &
1.1 Meudachadh air imrich shìobhaltach tro:			Sgioba Pròiseict SLUAIGH SEASMHACH / Buidheann Fiosrachaidh Dealbhadh Coimhearsnachd OHCPP
1.1.1 Cumail suas àireamh-sluaigh Fo-roinn			
Leòdhas	18,565	18,565	
Na Hearadh	1,953	1,953	
Uibhist a Tuath	1,551	1,551	
Beinn na Faoghla	1,237	1,237	
Uibhist a Deas	1,892	1,892	
Barraigh & Bhatarsaigh	1,152	1,152	
Innse Gall	26,350	26,350	

1.1.2 Àireamh Phàistean air am Breith GROS Bliadhnail	263	300	
1.1.3 Co-mheas gnè an t-sluaigh aig aois obrach SNS Bliadhnail	1.21	1.10	
1.1.4 Rolla B1 mar % de B7 CnES Bliadhnail	85%	100%	
1.2 Meudachadh san t-sluagh aig aois obrach mar % den àireamh-sluaigh iomlan NOMIS	58%	60%	Sgioba Pròiseict SUSPOP OHCPP /CPIG
1.3 Meudachadh ann an ìrean de dh'obair eaconamach NOMIS	84.4%	86%	Sgioba Pròiseict OHCPP SUSPOP /CPIG
1.4 Ìrean Thagraichean airson JSA NOMIS	3.3%	TBC	Sgioba Pròiseict SUSPOP OHCPP /CPIG
1.5 Ìrean Cosnaidh NOMIS	82.3%	TBC	Sgioba Pròiseict OHCPP SUSPOP /CPIG
<p>Planaichean no dleastanasan buntainneach eile aig com-pàirtichean ionadail gus cuideachadh le libhrigeadh nam builean sin</p> <p>Plana Gnìomh Sgioba Pròiseict Sluagh Seasmhach OHCPP (2009-) Ro-innleachd Chorpóra Comhairle nan Eilean Siar 2007-11 http://www.cne-siar.gov.uk/cxdir/executiveoffice/corporatestrategy/index.asp</p> <p>Plana Obrach HIE 2009-12 http://www.hie.co.uk/operating-plan-2009-2012.htm</p> <p>Aithisg Bhliadhnail Stiùiriche Slàinte a' Phobail 2008 http://wihbweb/PublicHealth/Documents/DPH%20Report%202006-07.pdf</p>			

Buil Ionadail 2 Tha <u>eaconamaidh</u> Innse Gall agus na h-eaconamaidhean taobh a-staigh Innse Gall a' soirbheachadh			
Amasan Ionadail:			
2A Meudachadh air in-thasgadh			
2B Barrachd ghnìomhachasan ùra a' tòiseachadh			
2C Togail air raointean soirbheis stèidhichte			
2D Meudachadh air roinnean ùra			
2E Meudachadh air an taic bho iomairt sòisealta			
2F Barrachd obair rannsachaidh agus leasachaidh ann an Colaisde a' Chaisteil/OGE agus foghlam/rannsachadh eile ann an Innse Gall			
Builean Nàiseanta:			
1 Tha sinn a' fuireach ann an Alba, an t-àite as tarraingiche airson gnòthachais san Roinn Eòrpa.			
2 Tha sinn a' coileanadh ar làn chomas eaconamach le cothroman cosnaidh nas pailte agus nas fheàrr don t-sluagh againn			
Comharra/n (le cunntas air tricead / seòrsa / buidheann)	Bun-loidhne aig 2006-07	Targaid/ean 'Adhartais' gu 2010-11 & Targaid/ean raon/raointean-ama 'Deireannach'	Priomh Uallach
2.1 Tha leasachaidhean air an coileanadh ann an structar eaconamaidh Innse Gall:			CnES/HIE
2.1.1 GRDP gach neach	£10,078 ⁶	£17,500	
2.1.2 GRDP na Rìoghachd Aonaichte co-ionannachd gach neach	66%	75%	

⁶ Cunntasan Roinneil nan Eilean Siar 2003 le Oilthigh Obar Dheathain <http://187.187.1.42/internet/factfile/economy/regaccounts03/index.asp>.

⁷ Cunntasan Roinneil nan Eilean Siar 2003 le Oilthigh Obar Dheathain <http://187.187.1.42/internet/factfile/economy/regaccounts03/index.asp>.

⁸ Cunntasan Roinneil nan Eilean Siar 2003 le Oilthigh Obar Dheathain <http://187.187.1.42/internet/factfile/economy/regaccounts03/index.asp>.

2.1.3	Lùghdachadh sa chall ann an malairt	£163.4m	£150m	
2.1.4	Luach Às-bhathair	£133.9m	£150m	
2.1.5	Pàigheadh / Tuarastal theaghlaichean	£15,215 ⁷	£20,000	
2.1.6	Pàigheadh / Tuarastal theaghlaichean co-ionannachd san Rìoghachd Aonaichte	78%	80%	
2.1.7	Teachd-a-steach theaghlaichean gu h-iomlan	£21,726 ⁸	£30,000	
2.1.8	Teachd-a-steach theaghlaichean gu h-iomlan co-ionannachd san Rìoghachd Aonaichte	77%	80%	
2.2 Togail air raointean soirbheis stèidhichte:				CnES/CPIG
2.2.1	Àireamh de dh'obraichean air an cruthachadh mar thoradh air pròiseact ùr Ionad nan Gnìomhachasan Cruthachail & nam Meadhanan Ùra CnES Bliadhnail	0 0	(Togail crìochnaichte luchair 2010) 6	
2.2.2	Àireamh de mheatairean Chlò Hearach a fhuair taic tro Mhaoin Tasgaidh a' Chlò Hearaich HT Iarrtasan HTIF Bliadhnail	15	21,500	
2.2.3	Àireamh de thachartasan cultarail cudromach a fhuair taic gach bliadhna CnES Bliadhnail	7,000t	20	
2.2.4	Tunnachan de thoradh tuathanas-èisg giollaichte agus luach-leasaichte CnES Bliadhnail	0	8,000t 1	
2.2.5	Crìochnachadh agus buileachadh Plana Gnìomh RET HIE Bliadhnail	2007: 446,100	TBC	
2.2.6	Cur ri luach na roinn turasachd: Luchd-siubhail air aiseagan Caledonian Mac a' Bhruthainn gach bliadhna Luchd-siubhail air plèanaichean HIAL Gach Bliadhna	2007: 171,000	TBC	

<p>2.3 Togail air prìomh roinnean ùra, cumhachd, rannsachadh agus saidheansan beatha:</p> <p>2.3.1 Àireamh de MW cumhachd ath-nuadhachail air aontachadh no ag obrachadh CnES Bliadhnail</p> <p>2.3.2 Àireamh de MW cumhachd ath-nuadhachail an seilbh / riaghladh na coimhearsnachd CnES Bliadhnail</p> <p>2.3.3 Àireamh de MW Cumhachd mara air chuan CnES Bliadhnail</p> <p>2.3.4 Gnìomhachasan cumhachd ath-nuadhachail a' tòiseachadh</p> <p>2.3.5 Àireamh de leapannan anns an taigh-òsta rannsachaidh</p> <p>2.3.6 Raon comais airson leasachadh pròiseact taisbeanaidh macro-algae (ceilp)</p> <p>2.3.7 Comharrachadh cothroman airson ceanglaichean / co-obrachadh le eòlaichean eile stèidhichte anns a' Ghàidhealtachd is na h-Eileanan me SAMS ann an Dùn Stainis</p>	<p>6 MW</p> <p>3 MW</p> <p>0 MW</p> <p>0</p> <p>0</p> <p>0</p> <p>0</p>	<p>300 MW 494 MW air aontachadh / ag obrachadh aig 2012</p> <p>40 MW 100 MW air aontachadh / ag obrachadh aig 2012</p> <p>0 MW 105 MW air aontachadh / ag obrachadh aig 2015</p> <p>15</p> <p>50</p> <ul style="list-style-type: none"> gabhail os làimh pròiseict tùs rannsachadh / suidheachadh thargaidean agus libhrigeadh pròiseact taisbeanaidh tòiseachadh air còmhradhean agus iarraidh co-obrachadh co-cheangailte ri leasachadh pròiseact macro-algae 	<p>CnES/CPIG</p>
<p>2.4 Seirbheisean Ionmhasail agus Gnothachais:</p> <p>2.4.1 Meudachadh air Ballrachd Aonadh Creideis nan Eilean Siar Aonadh Creideis nan Eilean Siar Bliadhnail</p> <p>2.4.2 Stèidheachadh ionadan Aonadh Creideis nan Eilean Siar ann an sgìrean eile</p>	<p>500</p> <p>2</p>	<p>1,000</p> <p>4</p>	<p>CnES/ Aonadh Creideis nan Eilean Siar</p>

Aonadh Creideis nan Eilean Siar Bliadhnail			
2.4.3 Dèanamh cinnteach gum bi seirbheisean leasachadh gnìomhachais mothachail, ruigsinneach agus aonaichte tro thòiseachadh Business Gateway Innse Gall CnES Bliadhnail	0	1	CnES
2.5 Àireamh de FTE a fhuair taic bho oighreachdan a tha an seilbh na coimhearsnachd CnES Bliadhnail	20	36	CnES/HIE
2.6 Gnìomhasan ùra a' tòiseachadh CnES Bliadhnail	75	80	CnES
2.7 Iomairtean sòisealta ùr a' tòiseachadh OHLSEP	0	5	OHLSEP/HIE
2.8 Cur an seilbh ann an cidheachan is calaidhean gus cur ri fàs ann am prìomh roinnean agus ri gnìomhachasan an iasgaich	TBC		CnES
<p>Planaichean no cleasanasan buntainneach eile aig na com-pàirtichean ionadail gus cuideachadh le lìbhrigeadh nam builean sin</p> <p>Ro-innleachd Ionnsachadh agus Leasachadh sa Choimhearsnachd http://www.cne-siar.gov.uk/cxdir/strategiespolicies/communityplanning/documents/cldstrategy2005-08.pdf</p> <p>Ro-innleachd Comas Cosnaidh agus Tùs Phlana Gnìomh Innse Gall Ro-innleachd Chorporra Comhairle nan Eilean Siar 2007 -11 http://www.cne-siar.gov.uk/cxdir/executiveoffice/corporatestrategy/index.asp</p> <p>Plana Gnìomhachais Comhairle nan Eilean Siar 2009/10 Plana Obrach HIE 2009-12 http://www.hie.co.uk/operating-plan-2009-2012.htm</p> <p>Plana Gnìomhachais Comhairle Seirbheisean Saor-thoileach na Hearadh Plana Gnìomhachais Comhairle Seirbheisean Saor-thoileach Uibhist Plana Gnìomhachais Saor-thoileach Bharraigh agus Bhatarsaigh Plana Gnìomhachais Treas Roinn Innse Gall Plana Gnìomhachais OHLSEP</p> <p>Cruthachadh Coimhearsnachdan ri Teachd OHCPP 2005 http://intranet/internet/creatingcommunities/index.asp</p> <p>Plana Ro-innleachdach Colaisde a' Chaisteil 2009/10 – 2011/12 http://www.lews.uhi.ac.uk/about/contents/plans/StrategicPlan2008-2011.pdf/view?searchterm=Strategic Plan</p> <p>Plana Gnìomhachais Aonadh Creideis nan Eilean Siar</p>			

Buil Ionadail 3 Tha <u>deagh foghlam, trèanadh agus sgilean</u> aig sluagh Innse Gall			
Amasan Ionadail:			
3A Dèanamh cinnteach gum bi foghlam, trèanadh agus sgilean iomchaidh aig luchd-obrach ionadail			
3B Meudachadh air an % de dhaoine ann am foghlam agus trèanadh a gheibh cosnadh iomchaidh ann an Innse Gall			
3C Leasachaidhean curraicealaim nas freagarraiche a sholarachadh airson feuman ionadail			
Builean Nàiseanta:			
3 Tha sinn air thoiseach a thaobh foghlaim, sgilean agus soirbheachaidh, iomraiteach airson ar rannsachaidh agus ùr-ghnàthachaidh			
4 Tha ar n-òigridh nan luchd-ionnsachaidh soirbheachail, daoine misneachail, com-pàirtichean èifeachdach agus saoranaich earbsach			
5 Tha an tòiseachadh beatha as fheàrr aig ar cloinn agus tha iad ullachta gu soirbheachadh			
(Comharra/n (le cunntas air tricead / seòrsa / buidheann)	Bun-loidhne aig 2006-07	Targaid/ean 'Adhartais' gu 2010-11 & Targaid/ean raon/raointean-ama 'Deireannach'	Prìomh Uallach
3.1 Ìre sa cheud de bhuilean math air an coileanadh tro chom-pàirteachadh ann am prògraman trèanaidh nàiseanta	Skillseekers / Nua-fhoghlamaichean 80% Get Ready For Work 73% Training For Work 37%	TBC	CLDP
3.2 Buileachadh modail LCC/OGE airson Baile Oilthigh, Steòrnabhagh le 200 àiteachan-còmhnaidh do dh'oileanaich agus bun-structair co-cheangailte ris	àiteachan-còmhnaidh do dh'oileanaich, Ionad na Drochaid an Ceann a' Bhàigh	Plana agus maoinachadh an sàs. <i>criochnachadh 2011/12</i>	LCC/UHI
3.3 Cùrsaichean ùra foghlam adhartach eile aig LCC, le cudrom air taic don eaconamaidh ionadail agus àrd-amasan sluagh seasmhach.	Cùrsaichean FE làthaireach aig LCC	Trì cùrsaichean FE ùra a' char as lugha. <i>Cùrsaichean foghlam adhartach ùra eile aig LCC, le cudrom air taic don eaconamaidh ionadail agus àrd-amasan sluagh seasmhach</i>	LCC/UHI

<p>3.4 Buileachadh phlanaichean maoinichte airson ionadan obair rannsachaidh ann an Cumhachd, Gàidhlig, Slàinte, Leasachadh Dùthchail/ eaconamaidh fiosrachaidh agus Arceòlas</p>	<p>Molaidhean rannsachaidh an sàs airson Cumhachd agus Slàinte Intinn.</p>	<p>Rannsachadh maoinichte a' dol anns na còig raointean ainmichte. Seòmraichean rannsachaidh air an stèidheachadh: <i>Energy Visualisation & Simulation</i>; Togalaichean Carbon-iseal Làn cho-obrachadh le Com-pàirteachas Teicneòlas Cumhachd. Com-pàirteachas le NHS Innse Gall agus buidhnean eile a-thaobh: Slàinte Intinn A' chiad phròiseactan arceòlais maoinichte air tòiseachadh, 2009.</p>	<p>LCC/UHI</p>
<p>3.5 Àireamh a' gabhail pàirt an am prògraman Litearrachd & Àireamhachd a' coileanadh barrachd air aon bhuil ionnsachaidh</p>	<p>300</p>	<p>305 aig 2010 310 aig 2011</p>	<p>CLDP</p>
<p>3.6 Òigridh ann an sgoiltean a' com-pàirteachadh sa phròiseas dheamocrataich tro bhith an sàs ann an Comhairlean Sgoilear sna Sgoiltean agus ann an Comhairlean Ionnsachaidh sa Choimhearsnachd ann an còig sgìrean ainmichte. Sgoil – gach bliadhna</p>	<p>Bha comhairlean sgoilear air an taghadh ann an 90% de sgoiltean. Cha robh coimhearsnachdan ionnsachaidh air an stèidheachadh. 0 Comhairlean Ionnsachaidh sa Choimhearsnachd air an taghadh</p>	<p>100% de sgoiltean le comhairlean sgoilear air an taghadh aig 2011 5 Comhairlean Ionnsachaidh sa Choimhearsnachd air an taghadh aig 2011 <i>Riochdachadh cunbhalach aig ìre riaghaltas ionadail tro chom-pàirteachadh ann an coinneamhan comataidh me aig 2015</i></p>	<p>CnES</p>
<p>3.7 Cothroman Dealasach airson Soirbheas agus Iomairt in Foghlam anns a h-uile sgoil CNES - gach bliadhna</p>	<p>92% de sgoilearan os cionn na còir as lugha air Iomairt ann am Foghlam</p>	<p>100% de sgoilearan os cionn còir air Iomairt ann am Foghlam <i>Sgoiltean a' co-obrachadh</i></p>	<p>CnES</p>

		<i>leis a' choimhearsnachd ann an 50% de phròiseactan iomairt aig 2012</i>	
3.8 Àireamh air cùrsaichean Sgilean Dreuchdail CNES – gach bliadhna	15% de sgoilearan 3 ^{mh} bliadhna	20% de sgoilearan 3 ^{mh} bliadhna aig 2011 25% de sgoilearan 3 ^{mh} bliadhna aig 2015	CLDP
3.9 Ìre sa cheud de sgoilearan a' coileanadh nan ìrean nàiseanta iomchaidh. CNES - gach bliadhna	Leughadh B 77% AS 70% Sgrìobhadh B 68% S 59% Matamataig B 81% AS 73%	Leughadh B80% AS 80% Sgrìobhadh B 70% S 73% Matamataig B 82% AS 71% <i>Leughadh P85% S 85%</i> <i>Sgrìobhadh B 80% AS 78%</i> <i>Matamataig B 85% AS 78%</i>	CnES
3.10 Comharran taraif airson foghlaim gach quintile de sgoilearan AS4 STACS - gach bliadhna	Comharran lomlan gach sgoilear -% Quintile 1 21% “ 2 24% “ 3 20% “ 4 22% “ 5 12%	Comharran lomlan gach sgoilear -% Quintile 1 28% “ 2 17% “ 3 20% “ 4 19% “ 5 11% <i>Comharran lomlan gach sgoilear %</i> <i>Quintile 1 30%</i> <i>“ 2 20%</i> <i>“ 3 20%</i> <i>“ 4 20%</i> <i>“ 5 10%</i>	CnES
3.11 Builean math bho aithisgean HMle agus ASE HMle agus CNES - gach bliadhna	85% thar 3 bliadhna	88% aig 2011 92% aig 2015	CnES
3.12 Àireamh de dh'òigridh a' gabhail pàirt ann an Guthan Òigridh / Comhairlean Òigridh ionadail CnES Gach Bliadhna	20 a' gabhail pàirt	22 aig 2010 25 aig 2011	CnES
3.13 Àireamh de dh'òigridh a' coileanadh Duais Diùc Dhùn Èideann gu h-iomlan no pàirt dheth	80 a' gabhail pàirt	100 aig 2010 120 aig 2011	CnES

CnES Gach Bliadhna			
3.14 Meudachadh air an àireamh de sgoiltean le ceangal bann-leathann CNES – gach bliadhna	90%	93% 100%	CnES
<p>Planaichean no dleastanasan buntainneach eile aig na com-pàirtichean ionadail gus cuideachadh le libhrigeadh nam builean sin</p> <p>Ro-innleachd Chorpóra Comhairle nan Eilean Siar 2007 -11 http://www.cne-siar.gov.uk/cxdir/executiveoffice/corporatestrategy/index.asp</p> <p>Plana Gnìomhachais Comhairle nan Eilean Siar 2009/10 Ro-innleachd Ionnsachaidh agus Leasachaidh sa Choimhearsnachd http://www.cne-siar.gov.uk/cxdir/strategiespolicies/communityplanning/documents/cldstrategy2005-08.pdf</p> <p>Ro-innleachd Comas Cosnaidh agus Tùs Phlana Gnìomh Innse Gall Plana Ro-innleachdach Colaisde a' Chaisteil 2009/10 – 2011/12 http://www.lews.uhi.ac.uk/about/contents/plans/StrategicPlan2008-2011.pdf/view?searchterm=Strategic Plan</p>			

Buil Ionadail 4 Tha <u>slàinte agus mathas</u> cuirp agus inntinn an t-sluaigh air feadh Innse Gall air a leasachadh			
Amasan Ionadail:			
<p>4A Meudachadh air an àireamh de dh'òigridh a' com-pàirteachadh sa chomann-shòisealta agus ann an co-dhùnaidhean</p> <p>4B Leasachadh air slàinte, sàbhailteachd agus mathas-beatha ar sluaigh</p> <p>4C Lùghdachadh air an àireamh de dhaoine a' fuireach ann an toglaichean fo ìre ionannachd</p> <p>4D Lùghdachadh air an àireamh de theaghlaichean a' fuireach ann am bochdainn connaidh</p> <p>4E Coinneachadh ri feuman fad-ùine chloinne, òigridh agus theaghlaichean ana-cothromach a tha ann an cunnart</p> <p>4F Lùghdachadh air àireamhan chloinne, òigridh agus theaghlaichean far a bheil iad fhèin no am pàrantan air a bhith a' mì-bhuileachadh stuthan</p>			
Builean Nàiseanta:			
<p>6. Tha ar beatha nas fhaide agus nas fhallaine</p> <p>7. Tha sinn air dèiligeadh ri na neo-ionannachdan mòra ann an comann-shòisealta na h-Alba</p> <p>8. Tha sinn air cur ri na cothroman beatha airson clann, òigridh agus teaghlaichean ann an cunnart</p> <p>9. Tha sinn a' caitheamh ar beatha sàbhailte bho eucoir, mhì-rian agus chunnart</p>			
Comharra/n (le cunntas air tricead / seòrsa / buidheann)	Bun-loidhne aig 2006-07	Targaid/ean 'Adhartais' gu 2010-11 <i>Targaid/ean & raon/raointean-ama 'Deireannach'</i>	Priomh Uallach
4.1 Àireamh de dh'òigridh a' gabhail pàirt ann an tachartasan spòrs agus cultair CnES Gach Bliadhna	100% de sgoilearan B6 a' faighinn teagasg ciùil an-asgaidh 70% de sgoilearan an sàs ann an tachartasan spòrs		CnES
4.2 % de chloinn le ìre BMI reamhar aig B1 Foillseachadh bliadhnail, ISD Ràitheil, ionadail WI NHS (CHSP-PS)	11.2% (2007/08)	Lùghdachadh <i>Lùghdachadh</i>	NHS WI
4.3 % de sgoilearan B1-3 a' gabhail biadh sgoile an-asgaidh Staitistig nàiseanta Bliadhnail	12%	30% <i>Rim faotainn le 100% de sgoilearan B1-3 aig 2014</i>	CnES

4.4 Daoine a' fàgail an ospadail co-cheangailte ri deoch làidir air an cunbhalachadh gach 100,000 àireamh-sluaigh ISD SMR01, ràitheil – WI NHS Bliadhna	1,554/100,000 àireamh-sluaigh (2004/05)	Lùghdachadh <i>Lùghdachadh</i>	NHS WI
4.5 % de phrìomh luchd-obrach a' faighinn trèanadh ann am bacadh fèin-mhurt an coimeas ri ìrean bun-loidhne agus ionnsachaidh stèidhichte	7%	50% <i>Meudachadh</i>	NHS WI
4.6 Àireamh de neo-ionannachdan sgrùdaidhean slàinte sònraichte den chuairt-fala rin libhrigeadh dàta ràitheil WI NHS	Nil	343 <i>Meudachadh</i>	NHS WI
4.7 % de theaghlaidhean uile a tha a' fulang bochdainn connaidh: 's e sin far am feum còrr air 10% de theachd-a-steach teaghlaidhean a chaitheamh air connadh Bliadhna - cuibheasachd 4 bliadhna Suirbhidh Staid Thaighean na h-Alba	49.0% (2004/07)	Lùghdachadh <i>Lùghdachadh</i>	CnES
4.8 Àireamh de theaghlaidhean a' buannachd bho iomairtean Bochdainn Connaidh Cunntasan bliadhna Tighen Innse Gall	n/a	200 teaghlaidhean <i>250 teaghlaidhean aig Màrt 2010</i>	TIG
4.9 Àireamh de thaighean ùra aig prìs ruigsinneach air an crìochnachadh Com-pàirteachas Taigheadas Innse Gall Bliadhna	40 taigh ùr	40 taigh ùra gach bliadhna gu 2011	CnES/HPP
4.10 % de sheann daoine (65+) a' faighinn dlùth chùram san dachaigh (10+ uairean) mar % de sheann daoine a' faighinn cùram fad-ùine Comharran air Builean Cùram sa Choimhearsnachd – OC8a Bliadhna	46.7% (2008)	Cumail suas <i>Cumail suas</i>	CHaSCP
4.11 Àireamh de theaghlaidhean san roinn phrìobhaideach a fhuair taic agus an coinnich iad ris an ìre chuibheasach Sistam Stèidhichte CnES ràitheil	150 foirmean tabhartais air an lìonadh	120 foirmean tabhartas taigheadais air an lìonadh gach bliadhna	CnES
4.12 Àireamh de dhaoine gun dachaigh a' cumail teanntachdan ùra Cunntas staitistig HL1 Riaghaltas na h-Alba Bliadhna	Fhuair 95% de thagraichean gun dachaigh taigh a' gleidheadh an teanntachdan	Fhuair 95% de thagraichean gun dachaigh taigh a' gleidheadh an teanntachdan	CnES

4.13 Àireamh de dh'amasan Ro-innleachd Taigheadais Ionadail (LHS) a' coinneachadh ri clàr in-ghabhail sòisealta	<p>'S iad na ceithir amasan anns an LHS làthaireach:</p> <ul style="list-style-type: none"> • fuasglaidhean iomchaidh fhaighinn gus nach bi daoine gun dachaigh • meudachadh air taic do thagraichean gun dachaigh • solarachadh seirbheisean taigheadais a bharrachd ag amas air daoine ana-cothromach • seann daoine comasach air dèanamh air an son fhèin sa choimhearsnachd aca fhèin 	LHS a' coinneachadh ri na slatan-tomhais nàiseanta airson cùisean in-ghabhail sòisealta	CnES
4.14 Àireamh air an tar-chur gu Pannal na Cloinne SCRA (Rianachd Neach-aithris Chloinne na h-Alba)	229 (2007/08)	Lùghdachadh	CnES
4.15 Àireamh de chloinn a dh'fheumas stiùireadh tro Eisteachdan Chloinne SCRA (Rianachd Neach-aithris Chloinne na h-Alba)	29 (31 ^{mh} Màrt 2008)	Lùghdachadh	CnES
4.16 % de chloinn a' faighinn cùram agus àite-fuirich ann an cùram airson còrr air 12 mìos le plana airson maireannachd CnES Gach Bliadhna	TBC	100%	CnES

4.17 % de dh'Òigridh a' fàgail Cùraim aois 16 no 17 a' coileanadh aon SCQF ire 3 no barrachd	Tuairmse 40%	100%	CnES
4.18 Ìre de dh'eucoirean fo bhuidhe na dibhe air an clàradh gach 10,000 àireamh-sluaigh Bliadhna/ SG eucoirean Clàraichte DA31a	18.3/ 10,000 (2004)	Lùghdachadh <i>Lùghdachadh</i>	Feachd-poileis a' Chinn a Tuath
4.19 Leasachadh planaichean còmhail gus atharrachadh modail a bhrosnachadh gu siubhal air chois agus air baidhsagal.	Bun-loidhne deasachadh	ri TBC	CnES
4.20 Brosnachadh leasachadh agus meudachadh ann an cleachdadh frith-rathaidean agus coilltean, cho fad 's a ghabhas an co-bhoinn ri buidhnean ionadail	Bun-loidhne deasachadh	ri tbc	CnES
<p>Planaichean no dleasan buntainneach eile aig na com-pàirtichean ionadail gus cuideachadh le libhrigeadh nam builean sin</p> <p>Ro-innleachd Chorpóra Comhairle nan Eilean Siar 2007-11 http://www.cne-siar.gov.uk/cxdir/executiveoffice/corporatestrategy/index.asp</p> <p>Plana Gnìomhachais Comhairle nan Eilean Siar 2009/10 Ro-innleachd ADAT Measadh air Feuman a thaobh Deoch Làidir sna h-Eileanan Siar Ro-innleachd/Plana Roghnaich Beatha: http://www.chooselife.net/xLCLP/WesternIsles/WI_Overview.asp</p> <p>Ro-innleachd Clionaigeach nan Eilean Siar Plana 3 Bliadhna CHaSCP http://www.chascp.org/Development/CHaSCP%203-YEAR%20PLAN%2016%20APR09.doc</p>			

Buil Ionadail 5 Tha coimhearsnachdan Innse Gall nas làidire agus nas comasaiche air am feuman agus àrd-amasan a chomharrachadh, a chur an cèill agus a chur gu buil agus a bhith cunntachail air an son

Amasan Ionadail:

- 5A Bidh sluagh ann an Innse Gall fhathast a' cur seachad am beatha a' faireachdainn sàbhailte, gun mòran eagal ro eucoir
 - 5B Lùghdachadh air cunnart bho dhroch-dhiol no dearmad taobh a-staigh na coimhearsnachd
 - 5C Lùghdachadh air cunnart sam bith bho atharrachadh aimsir
 - 5D Leasachadh air co-obrachadh coimhearsnachd
 - 5E Brosnachadh roinn shaor-thoileach nas seasmaiche a' toirt taic do dh'àrd-amasan na coimhearsnachd
- Cothrom nas fheàrr air togalaichean coimhearsnachd aig prìs ruigsinneach

Builean Nàiseanta:

- 9 Tha sinn a' caitheamh ar beatha sàbhailte bho eucoir, mhì-rian agus chunnart
- 10 Tha sinn a' fuireach ann an àiteachan deagh-dheilbhte, seasmhach far a bheil cothrom againn air na goireasan agus na seirbheisean a dh'fheumas sinn
- 11 Tha coimhearsnachdan làidir, fulangach agus taiceil againn far a bheil daoine cunntachail airson an gnìomhan fhèin agus a' bhuidheann aca air càch

Comharra/n (le cunntas air tricead / seòrsa / buidheann)	Bun-loidhne aig 2006-07	Targaid/ean 'Adhartais' gu 2010-11 <i>Targaid/ean & raon/raointean-ama 'Deireannach'</i>	Prìomh Uallach
5.1 Èifeachdas na ro-innleachd air ceannaichean-siubhail	8 co-iomairtean le seirbheis a' phoileis.	Meudachadh air % de dh'amas air ceannaichean-siubhail.	Com-pàirteachas Sàbhailteachd Coimhearsnachd OH
5.2 Àrdachadh tachartasan mothachaidh mu dhroch bhuidheann Mi-bhuileachadh Drugaichean & Deoch làidir	4 tachartasan	6 tachartasan	Com-pàirteachas Sàbhailteachd Coimhearsnachd OH
5.3 Prògram de sgeamaichean dìon chladaichean agus lùghdachadh	10% - Iarrtasan	75% den phrògram air a	CnES

tuileachaidh às dèidh an stoirm san Fhaoilleach 2005	maoineachaidh gu Riaghaltas na h-Alba	chrìochnachadh <i>Crìochnachadh a' phrògram aig Mart 2012</i>	
5.4 Libhrigeadh pròiseact com-pàirteachas le CnES, SEPA, SNH & Buidheann Iomairt Tuileachaidh an Ìochdair: Sgrùdadh Hydrodynamic an Fhadhail a Deas – Measadh air cunnart bho thuil	0	Aithisgean sa Ghearran 2010	CnES
5.5 Meudachadh air misneachd coimhearsnachd tro bhith a' fàs suas ri buaidhean atharrachadh aimsir san àm ri teachd	0	70% de phròiseact CoastAdapt air a chrìochnachadh <i>Crìochnachadh pròiseact CoastAdapt Faoilleach 2012</i>	CnES
5.6 Ìre buileachaidh nan gnìomhan ann am Plana Gnìomh Mothachadh Dealbhachaidh (2008 - 2011)	Chan eil Plana Gnìomh Dealbhachaidh stèidhichte	Plana Gnìomh Mothachadh Dealbhachaidh air aontachadh Gnìomhan bliadhna a h-aon a' dol, 50% air an crìochnachadh <i>Crìochnachadh a h-uile gnìomh anns a' phlana gnìomh thri bliadhna</i>	CnES
5.7 Crìochnachadh measaidhean air feartan an Ionad Glèidhteachais (CA)	Rinneadh sgrùdadh air 1 a-mach à 4 CAan	Aonta airson trì sgrùdaidhean a dhèanamh Comhairlichean air an ùghdarrachadh <i>4 measaidhean air an crìochnachadh</i>	CnES
5.8 Cur air adhart pròiseact THI airson Ionad Glèidhteachais Steòrnabhaigh	Bliadhna a h-aon air a crìochnachadh	Cosgais a' phròiseict fo smachd <i>Ìre cosgais mar a chaidh aontachadh le HLF.</i>	CnES
5.9 Maoineachadh Pròiseact Taic PSHG gu ionadan glèidhteachais	£30k gach bliadhna air a riarachadh aig an àm seo	£30k air a riarachadh airson 2009/10 <i>Faighinn maoineachadh PSHG air stèidh bliadhnail</i>	CnES
5.10 Còrdadh Bhuilean Ionadail an sàs anns gach sgìre Coimhearsnachd Sheasmhach	7	13 <i>Còrdadh Bhuilean Ionadail a bhith an sàs airson nan 13 Sgìrean Coimhearsnachd Sheasmhach uile aig 2011</i>	CnES

Planaichean no dleastanasan buntainneach eile aig na com-pàirtichean ionadail gus cuideachadh le libhrigeadh nam builean sin
Iomairt Dualchais Baile Steòrnabhagh
<http://www.cne-siar.gov.uk/townscapehi/index.asp>
Ro-innleachd Chorporra Comhairle nan Eilean Siar 2007 -11
<http://www.cne-siar.gov.uk/cxdir/executiveoffice/corporatestrategy/index.asp>
Plana Gnìomhachais Comhairle nan Eilean Siar 2009/10
Com-pàirteachas Deoch Làidir Drugaichean

<p>Buil Ionadail 6 Tha sluagh Innse Gall a' faighinn gach buannachd bho <u>stòrasan nàdarra agus cultarach</u> na sgìre, agus aig an aon àm a' dìon nan stòrasan sin airson math a' ghinealaich ri teachd</p>			
<p>Amasan Ionadail:</p> <p>6A Leasachadh air rianachd agus margaideachd ar n-àrainneachd thogte agus nàdarra 6B Dìon agus leasachadh ar n-àrainneachd thogte agus nàdarra do ghinealaichean ri teachd 6C Fàs, adhartachadh agus leasachadh cultar Innse Gall agus na Gàidhlig 6D Coileanadh Innse Gall gualan dearbhte 6E Coileanadh Innse Gall nas fèin-chomasaiche</p>			
<p>Builean Nàiseanta:</p> <p>2 Tha sinn a' coileanadh ar làn chomas eaconamach le cothroman cosnaidh nas pailte agus nas fheàrr don t-sluagh againn. 3 Tha sinn air thoiseach a thaobh foghlaim, sgilean agus soirbheachaidh, iomraiteach airson ar rannsachaidh agus ùr-ghnàthachaidh 12 Tha sinn a' cur meas air ar n-àrainneachd thogte agus nàdarra agus ga dìon agus ga leasachadh airson ginealaichean ri teachd 13 Tha sinn moiteil à dearbh-aithne nàiseanta làidir, chothromach agus in-ghabhalach. 14 Tha sinn a' lùghdachadh buaidh na tha sinn a' caitheamh agus a' dèanamh air an àrainneachd againn fhìn agus an t-saoghail.</p>			
Comharra/n (le cunntas air tricead / seòrsa / buidheann)	Bun-loidhne aig 2006-07	Targaid/ean 'Adhartais' gu 2010-11 Targaid/ean & raon/raointean-ama 'Deireannach'	Prìomh Uallach
6.1 Àireamh de dh'obraichean ùra co-cheangailte ri stòrasan nàdarra agus cultarail	TBC	TBC	CnES/SNH
6.2 Tha uisgeachan ann an Innse Gall air am meas a bhith de dh'inbhe nas ìsle na math a thaobh eag-eòlais fon Riaghailt Frèam Uisge.	27 aibhnichean 7 lochan	27 aibhnichean 7 lochan 'S e prìomh amas a' phlana gun coilean uisgeachan inbhe mhath a thaobh eag-eòlais aig 2015 (ma dh'fheumar barrachd ùine dh'fhaodte seo a leudachadh gu 2021 no 2027)	SEPA

6.3 Meudachadh air % de làraich nàdair fo dhìon ann an staid fhàbharach.	90% (2008)	90% 95%	SNH
6.4 Lùghdachadh air làraich gualan san Roinn Phoblaich	36,000 tunna	<i>20% Lùghdachadh 20% aig 2014 airson CnES & NHS WI 40% aig 2020</i>	A h-uile Com-pàirtiche san Roinn Phoblaich CnES & NHS WI
6.5 Tunnachan de Sgudal Bhailtean Lobhaidh(BMW)	11, 176	10, 125	CnES
6.6 Ìre sa cheud de sgudal cruaidh bhailtean-mòra (MSW) air ath-chuairteachadh	17%	25%	CnES
6.7 Àireamh de chùrsaichean os cionn aois sgoile airson ceòl agus na h-ealain ann an Uibhist	Cùrsaichean rim faotainn ann an Ceòl (2) agus na h-Ealain (3)	Plana gnìomh an sàs airson cùrsaichean a thoirt gu ìre ceum, agus am bun-structair a dh'fheumar, a' gabhail a-steach uidheam agus àiteachan-còmhnaidh. <i>Ionad Speisealta air a stèidheachadh, agus ìre iomlan de chùrsaichean air an tabhann 2011/12</i>	LCC/UHI
6.8 Rannsachadh air comas bith-chonnadh ionadail mar chonnadh ath-nuadhachail eadar-dhealaichte	Sgrùdadh agus tùs rannsachadh air an crìochnachadh	Sgrùdadh air ion-obrachadh eaconamach airson nan eilean	CnES
<p>Ceanglaichean ri planaichean no dleastanasan buntainneach eile aig na com-pàirtichean ionadail gus cuideachadh le libhrigeadh nam builean sin</p> <p>Plana Cànan Innse Gall: Tionndadh Gàidhlig: http://www.cne-siar.gov.uk/sgioba/documents/languageplan/plan_g.pdf Tionndadh Beurla: http://www.cne-siar.gov.uk/sgioba/documents/languageplan/plan_e.pdf Ro-innleachd Chorpóra Comhairle nan Eilean Siar 2007 -11 http://www.cne-siar.gov.uk/cxdir/executiveoffice/corporatestrategy/index.asp Plana Gnìomhachais Comhairle nan Eilean Siar 2009/10 Plana Ro-innleachdach Colaisde a' Chaisteil 2009/10 – 2011/12 http://www.lews.uhi.ac.uk/about/contents/plans/StrategicPlan2008-2011.pdf/view?searchterm=Strategic Plan Plana Rianachd Carbon Comhairle nan Eilean Siar agus NHS nan Eilean Siar</p>			

Buil Ionadail 7 Tha sàr sheirbheisean aig Innse Gall, a tha a' sior dhol am feabhas agus a' coinneachadh ri feuman ionadail			
Amasan Ionadail:			
<p>7A Leasachadh leantainneach air amalachadh agus èifeachdas libhrigeadh agus càileachd ar seirbheisean poblach agus dè cho riarachaidhe 's a tha luchd-cleachdaidh leotha</p> <p>7B Foghlam don chloinn againn ann an sgoiltean a tha freagarrach airson na 21^{mh} Linn a' gabhail a-steach solarachadh teicneòlais</p> <p>7C Solarachadh cùram sheann daoine iomchaidh agus co-òrdanaichte aig ìre ionadail</p> <p>7D Càileachd, cothrom agus prìsean ruigsinneach airson còmhhdail agus conaltraidh</p> <p>7E Leasachadh seirbheisean ùra aig ìre ionadail ma bhios feum orra</p>			
Builean Nàiseanta:			
<p>9 Tha sinn a' caitheamh ar beatha sàbhailte bho eucoir, mhi-rian agus chunnart</p> <p>10 Tha sinn a' fuireach ann an àiteachan deagh-dhealbhte, seasmhach far a bheil cothrom againn air na goireasan agus na seirbheisean a dh'fheumas sinn</p> <p>11 Tha coimhearsnachdan làidir, fulangach agus taiceil againn far a bheil daoine cunntachail airson an gnìomhan fhèin agus a' bhuidheann aca air càch</p> <p>15 Tha ar sàr sheirbheisean poblach èifeachdach, a' sior dhol am feabhas agus a' coinneachadh ri feuman slugh an àite</p>			
Comharra/n (le cunntas air tricead / seòrsa / buidheann)	Bun-loidhne aig 2006-07	Targaid/ean 'Adhartais' gu 2010-11 <i>Targaid/ean & raon/raointean-ama 'Deireannach'</i>	Prìomh Uallach
7.1 Seirbheisean poblach nas fheàrr do na h-uile; 7.1.1 Àireamh de dh'ionadan Coimhearsnachd	4 ⁹	13	Com-pàirtichean OHCPP uile
7.2 Leasachadh leantainneach air amalachadh agus èifeachdas libhrigeadh agus càileachd ar seirbheisean poblach agus dè cho riarachaidhe 's a tha luchd-cleachdaidh leotha: 7.2.1 Àireamh de dh'ìomairtean Co-sheirbheisean 7.2.2 Àireamh de shuirbhidhean Riarachadh Luchd-cleachdaidh le OHCPP	4 ¹⁰ 1 ¹¹	10 1 gach bliadhna	Sgioba Pròiseict Sheirbheisean Amalaichte OHCPP

⁹ Cinn-là airson 2008/09

¹⁰ Cinn-là airson 2008/09

7.3 Leasachadh seirbheisean ùra aig ìre ionadail ma bhios feum orra: 7.3.1 Àireamh de dh'uairean cùram san dachaigh gach 1000 àireamh-sluaigh aois aged 65+ 7.3.2 Solarachadh ghoireasan cùraim ùra	TBC TBC	TBC TBC	Com-pàirtichean OHCPP uile
7.4 Pròiseact prìomh bhun-structair Coimhearsnachdan Co-cheangailte air a chrìochnachadh	Crìochnachadh "pròiseact lìonadh a- steach"	1.1 Ceangal didseatach nas fheàrr agus nas seasmhaiche <i>Pròiseact prìomh bhun-structair Coimhearsnachdan Co- cheangailte crìochnaichte</i>	HIE
7.5 Co-dhùnadh nas fheàrr air ìre freagarrachd ar lìonra còmhdhail.	SRMCS - DATA	<i>Lùghdachadh air % de rathaidean air am meas 'Dearg'.</i>	CnES
7.6 Meudachadh air fad na Slighe Cnàimh-droma a tha dùbailte	175km ¹²	<i>Fad Rathaidean Dùbailte suas 8km aig 8km by 2012</i>	CnES
Ceanglaichean ri planaichean no dleastanasan buntainneach eile aig na com-pàirtichean ionadail gus cuideachadh le lìbhrigeadh nam builean sin Ro-innleachd Chorpóra Comhairle nan Eilean Siar 2007 -11 http://www.cne-siar.gov.uk/cxdir/executiveoffice/corporatestrategy/index.asp Plana Gnìomhachais Comhairle nan Eilean Siar 2009/10 Plana Gnìomhachais Comhairle Seirbheisean Saor-thoileach na Hearadh Plana Gnìomhachais Comhairle Seirbheisean Saor-thoileach Uibhist Plana Gnìomhachais Gnìomhachas Saor-thoileach Bharraigh agus Bhatarsaigh Plana Gnìomhachais Treas Roinn Innse Gall			

¹¹ Cinn-là airson 2008/09¹² Cinn-là airson 2008/09

6 A' Toirt air Tachairt

Co-obrachadh Coimhearsnachd

Tha co-obrachadh coimhearsnachd air leth cudromach gus dèanamh cinnteach gu bheil com-pàirtichean a' libhrigeadh na tha sluagh Innse Gall ag iarraidh agus air a bheil iad airidh. Thar an ath bhliadhna, cuiridh na com-pàirtichean air adhart tachartasan ann an ceithir sgìrean air feadh nan Eilean Siar. Bidh na tachartasan sin a' coimhead ri na raointean a leanas:

- Gnothachas, Eaconamaidh agus Àireamh-sluaigh
- Slàinte agus an Àrainneachd
- Foghlam, Trèanadh agus Leasachadh Sgìlean
- Ùghdarachadh Choimhearsnachdan agus Libhrigeadh Seirbheisean

Gus am faighear air conaltradh fosgailte a chumail a' dol leis a h-uile roinn den choimhearsnachd, cumaidh Com-pàirteachas Dealbhadh Coimhearsnachd Innse Gall cuideachd sia coinneamhan fosgailte tron bhliadhna. Bheir na coinneamhan sin cothrom don choimhearsnachd air ceistean fhaighneachd agus am beachdan a thoirt aig crìoch gach seisean às dèidh èisteachd ri deasbad, còmhradh agus co-dhùnidhean.

Dealbhadh Gnìomh

Thòisich an Còrdadh Singilte Bhuilean bho **Latha Smaoineachaidh** leis a h-uile com-pàirtiche a' cur ri lèirsinn Innse Gall san àm ri teachd. Leis gu robh am modail seo èifeachdach, tha na Com-pàirtichean air aontachadh **Planadh Gnìomhan** a chleachdadh gus slighean riatanach a chruthachadh bho shuidheachadh dealbhaidh. Nuair a chuireas iad am fiosrachaidh bho na tachartasan co-obrachadh coimhearsnachd còmhla, gabhaidh na com-pàirtichean na seachd builean ionadail len cuimsean agus amasan, agus beachdaichidh iad air dè cho soirbheachail 's a bhios suidheachadh planaichte, agus an uairsin seallaidh iad air ais ri ciamar a choilean iad an targaid. Cruthaichidh seo slighe riatanach, a' sealltainn loidhnichean-ama, cò na com-pàirtichean as motha a chuireas ri libhrigeadh nam builean, ciamar is fheàrr a dh'obraicheas buidseatan com-pàirteachais còmhla agus gu h-àraidh, an àite tòiseachaidh airson toirt air tachairt. Le raointean-ama sùilichte eadar-dhealaichte agus fòcas nas fheàrr airson nam builean ionadail a libhrigeadh; cumaidh com-pàirtichean suas an dealas tro bhith a' coileanadh gach earrann de na slighean riatanach taobh a-staigh na h-ùine a chaidh a mholadh.

7 A cumail ris a' Chlàr-ama

Co-ionannachd agus Iomadachd

Tha Com-pàirteachas Dealbhadh Coimhearsnachd Innse Gall a' tuigsinn cho luachmhor 's a tha iomadachd taobh a-staigh na coimhearsnachd.

Tha an Com-pàirteachas airson obrachadh a dh'ionnsaigh leasachadh co-ionannachd cothruim do na h-uile agus lùghdachadh neo-ionannachdan sa choimhearsnachd. Tha an Com-pàirteachas airson sàr sheirbheisean a sholarachadh do na h-uile. Obraichidh an Com-pàirteachas a dh'ionnsaigh toirt air falbh bacaidhean dìreach agus neo-dhìreach a tha a' dùnadh dhaoine a-mach bho chothroman agus fiosrachadh sòisealta, eaconamach, poileataigeach agus cultarach.

Tha an Com-pàirteachas airson dèanamh cinnteach nach fhuing daoine a tha a' cleachdadh no a' dol a chleachdadh sheirbheisean, luchd-obrach no daoine a chuireas airson obair lethbhreith air sgàth suidheachadh sòisealta, gnè, cinneadh, ciorram, gnèitheasachd, aois, no creideamh.

Nithear measadh air buaidh libhrigeadh a' Chòrdadh Singilte Bhuilean gus buidhnean a chomharrachadh taobh a-staigh na coimhearsnachd aig a bheil feumalachdan ris nach eilear a' coinneachadh cho math an coimeas ri buidhnean eile le sùil ri cothrom air a h-uile seirbheis a tha an Com-pàirteachas a' solarachadh a leudachadh.

Bidh builean an SOA air an sgrùdadh gus dèanamh cinnteach nach fhuing duine no buidheann sam bith sa choimhearsnachd às-dùnadh no lethbhreith agus mar fhastaichean agus sholaraichean seirbheis gun coinnich sinn ri na feuman aca. Ma bheir an sgrùdadh beàrnan sam bith gu follais thèid ceuman a ghabhail airson iad sin a cheartachadh.

Riaghladh

Tha an OHCPP ag iarraidh frèam riaghlaidh a stèidheachadh airson an SOA far a bheil a h-uile com-pàirtiche ag aontachadh taic a thoirt do libhrigeadh an SOA, a tha a' co-fhreagairt a' chumhachd agus na dleastanasan (reachdail) aca. Comharraichidh am frèam riaghlaidh seo cuideachd dleastanasan agus uallaichean trom faod com-pàirtichean cuideachadh èifeachdach a dhèanamh.

Chuir OHCPP air bhonn Buidheann-stiùiridh de chom-pàirtichean gus sùil a chumail air deasachadh SOA ùr 2009. Ghabh obair na buidhne seo a-steach, gu sònraichte, cuir air dòigh Latha Smaoineachaidh air 14 Faoilleach 2009, Meeting with the Business Community air 14 agus 15 Faoilleach agus suirbhidh co-obrachadh coimhearsnachd air-loidhne a bha air a chumail bho 5 Gearran 2009 gu 16 Gearran 2009. Cumaidh am Buidheann-stiùiridh àrd-ìre seo a' dol a' stiùireadh buileachadh an SOA.

Chuir an Com-pàirteachas iomlan crìoch air dreachdan den SOA ùr air 5 Gearran 2009, 19 Gearran 2009, 26 Màrt 2009 agus 21 Cèitean 2009. Tha geàrr-chunntas agus pàipearan co-cheangailte ri na coinneamhan sin rim faotainn aig

http://www.cne-siar.gov.uk/cxdir/externalstrategy/communityplanning/ohcpp_meetingsminutes.asp

Rianachd Dèanadais

Gheibh OHCPP aithisg air dèanadas agus adhartas an co-cheangal ris an SOA gach ràith. Leasaichidh OHCPP siostam rianachd dèanadais a bhios a' gabhail a-steach fiosrachadh air builean, a' togail air modhan dealbhadh gnothachais nan com-pàirtichean. Tha OHCPP airson gum bi aithisgean (agus co-dhùnaidhean) rim faotainn leis a' mhòr-shluagh. Gabhaidh seo a-steach leasachadh agus cleachdadh làrach-lìn eadar-obrachail OHCPP.

